





**IMAGE EVALUATION  
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic  
Sciences  
Corporation**

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

**CIHM/ICMH  
Microfiche  
Series.**

**CIHM/ICMH  
Collection de  
microfiches.**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

**© 1982**



Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured covers/  
Couverture de couleur
- Covers damaged/  
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/  
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/  
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/  
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/  
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/  
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/  
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion  
along interior margin/  
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la  
distorsion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may  
appear within the text. Whenever possible, these  
have been omitted from filming/  
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées  
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,  
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont  
pas été filmées.
- Additional comments:/  
Commentaires supplémentaires:

- Coloured pages/  
Pages de couleur
- Pages damaged/  
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/  
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/  
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/  
Pages détachées
- Showthrough/  
Transparence
- Quality of print varies/  
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/  
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/  
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata  
slips, tissues, etc., have been refilmed to  
ensure the best possible image/  
Les pages totalement ou partiellement  
obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure,  
etc., ont été filmées à nouveau de façon à  
obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/  
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X
<input type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
12X	16X	20X	24X	28X	32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:




The Nova Scotia  
Legislative Library

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol  $\rightarrow$  (meaning "CONTINUED"), or the symbol  $\nabla$  (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

The Nova Scotia  
Legislative Library

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole  $\rightarrow$  signifie "A SUIVRE", le symbole  $\nabla$  signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

re  
détails  
es du  
modifier  
er une  
filmage

es

errata  
l to

t  
pelure,  
on à



32X

NOVA SCOTIA  
LEGISLATIVE LIBRARY



PROVINCE HOUSE



ATHGHEARRADH  
EAGAISG CHRIOSTA,

Air a Cheartachadh

LE

AIN CAMSHRON,  
EASBUIG ANTIGONISH.



HALIFACS.

CUIDEACHD CLOBHUALAIDH, STRAID HOLLIS 161.


1886.



T

L

ATHGHEARRADH  
TEAGAISG CHRIOSTA,  
Air a Cheartachadh  
LE  
IAIN CAMSHRON,  
EASBUIG ANTIGONISH.



HALIFAX, N. S.  
HALIFAX PRINTING COMPANY, 161 HOLLIS STREET.  
1886

NS

491

.63

C

5684

7

dl  
m

Ri

M  
an  
an

# ATHGHEARRADH TEAGAISG CHRIOSTA.

---

## CAIBIDEAL I.

*Ceisd* 1. Co chruthaich thu ?

*Freagairt.* Chruthaich Dia mi.

2. C'arson a chruthaich Dia thu ?

Chruthaich Dia mi go eolas fhaighinn air, gaol a thoirt dha, agus a sheirbheiseachadh sa bheatha so, 's a bhi sona maille ris 'sa' bheatha shiorruidh.

3. Co e Dia ?

Se Dia an Ti a 's airde, Cruthadair, Cul-taic, agus Riaghladair a h-uile ni faicinneach is neo-fhaicinneach.

4. Co miad Dia th 'ann ?

Cha n'eil ann ach an aon Dia beo, fìor.

5. Colion pears' e th' ann an Dia ?

Tha trì pearsannan ann an Dia : Dia an t-Athair, Dia am Mac, agus Dia an Spiorad Naomh ; ach bho nach 'eil ac ach an aon susbun agus nadar diadhaidh, cha n' eil unnda ach an aon Dia.

6. Ciod e an Trionaid Naomh ?

Se 'n Trionaid Naomh, aon Dia ann an trì pearsannan.



## 7. Cait a' bheil Dia?

Tha Dia anns a h-uile aite, ach gu h-araid 'am flathanas, a righeachd ghlormhor fhein.

8. Ma tha Dia anns gach aite, c'arson nach 'eil sinn ga fhaicinn?

Gad tha Dia anns gach aite, cha n'urrainn sinne fhaicinn, a chionn gur spiorad fìor e nach gabh faicinn le suilean corporra.

9. Ceamar, agus c'arson, a chruthaich Dia an saoghal?

Chruthaich Dia an saoghal as a neoni le fhacal amhain, gus uile-chumhachd is uile-ghliocas a chur am follais, agus airson mor-mhath a chinne-daonna.

10. Co iad na creutairean a's urrainn iad a chruthaich Dia?

Siad na h-ainglean agus clann-d...e na creutairean a's urramaich' a chruthaich Dia

11. Co iad na h-ainglean?

Siad na h-ainglean spioraid fìor-ghlan, a chaidh a chruthachadh go aoradh a thoirt do Dhia, 's go shealbhachadh 'am flathanas.

12. An deachaidh ainglean sam bith a thilgeadh a mach a flathanas?

Chaidh cuid de na h-ainglean a thilgeadh a mach a flathanas chionn gu'n a *d-eirich iad le 'n uabhar an aghaidh Dhe* (Luc, x. 18; 2 Peadar, ii 4; Juda, i. 6; Taisb xii. 7.).

13. Cait am bheil na droch-ainglean?

Tha na droch ainglean 'an iutharna.

14. Cait am bheil na h-ainglean matha?

Tha na h-ainglean math 'am flathanas.

15. Am bheil na h-ainglean math' a deanamh cuideachaidh leinn?

Tha na h-ainglean math' a deanamh cuideachaidh leinn

le '  
cur  
xvi

air

spi  
aig

gar

dh

Ph

go  
sh

Di

aic

le 'n iomad frithaladh, agus tha aingeal-coimheadeachd a cumail faire air gach aon de chlann-daoine. (Matu iv. 6 ; xviii. 10 ; H-Eabhr. i. 14.)

16. Ciod e 'n duine ?

Se 'n duine creutair le colunn, agus le anam reusanta, air a chruthachadh ri iomhaidh Dhe.

17. Co dhiu tha coltach ri Dia, an t-anam, no a cholunn?

Se 'n t-anam a tha coltach ri Dia ; cir se 'n t-anam spiorad aig am bheil tuigse, meadhair, agus toil, mar tha aig Dia fhein.

18. Co iad ciad pharantan chloinn-daoine ?

Siad Adha agus Eubh, ciad pharantan chloinn-daoine.

19. Cait na chuir Dia iad an toiseach ?

Chuir Dia Adha agus Eubh an toiseach ann am Parras, garradh solasach Eudein.

20. Na pheacaich iad 'an sin ?

Pheacaich Adha agus Eubh am Parras.

21. De an t-olc a rinn iad ?

Dh'ich Adha agus Eubh de 'n mheas a bha air a bhacadh dhaibh. (Gin. iii. 3.)

22. Co a bhac am meas daibh ?

Bhac Dia dhaibh meas na craoibh' a bha 'am miodhon Pharris.

23. Co a mheall ar ciad pharantan gus am meas iche ?

Mheall an diabhol, fo riochd narach, ar ciad pharantan go ich' a mheas, chionn gun robh farmad aige ri 'n staid shona. (Gin. iii.)

24. Co ris a theirear an diabhol ?

Theirear an diabhol ri aon de na droch spioraid a thilg Dia mach a fathanas.

25. De a thachair dh'ar ciad pharantan, airson am peacaidh ?

Chionn gun a pheacaich ar ciad pharantan, chaill iad grasan is cairdeas De, chaidh an sgiursadh a mach a Parras is binn a bhais a thoirt nan aghaidh, 's an aghaidh an sliochd gu brach.

26. An deach' a bhinn sin a thoirt 'nar n-aghaidh-ne?

Chaidh a bhinn chiadna a thoirt 'nar n-aghaidh-ne; phairtich sinn uile 'am peacadh' s'am peanas ar ciad pharantan, mar a phairtichemaid uile na' neo-chiontachd 's 'nan sonas, nam biodh iad air fuireach dileas do Dhia. (Rom. v. 12.)

27. De am mathas araid a bh'aig Dia a' feitheamh air ar ciad pharantan?

Bha sonas saoghalta agus siorruidh aig Dia a' feitheamh air ar ciad pharantan, nam biodh iad air fuireach dileas dha.

28. C'ainm a their thu ri peacadh air ciad pharantan?

Their mi peaca'-gine ri peacadh ar ciad pharantan, peacadh san d'rugadh sinn nar *cloinn feirge* (Eph. ii 3.)

29. C'arson a theirear peaca'-gine ris?

Theirear peaca'-gine ri peacadh ar ciad pharantan, chionn gun d'fhuir sinn 'nar gineamhuinn e nuas bho 'r ciad pharantan, gun d'thainig sinn a dh'ionnsuidh an t-saoghail air ar truailleadh leis, agus gur h-e toiseach agus ceann-aobhair gach uile is truaighe a thainig oirnn.

30. De an tuilleadh coire a rinn am peaca'-gin oirnn.

Thruaill am peaca'-gine ar nadar uile, dhorchaich e ar tuigse, lagaich e ar toil, agus chlaon e air fad go olc sinn.

31. Co thainig ionnsuidh an t-saoghail gus ar saoradh bho 'n pheaca'-ghin 's bho gach peacadh eile?

Thainig Iosa Criost ionnsuidh an t-saoghail gus ar saoradh bho gach peacadh.

I  
S  
sin  
2  
S  
E  
tha  
7  
dac  
dh  
4  
(  
d'a  
E  
S  
Spi  
(  
l  
8  
] ce  
na  
mh  
ait  
na  
a'f

## CAIB. II.

## 1. Co e Iosa Criost ?

Se Iosa Criost aona Mhac Dhe, a rinneadh na dhuine go sinne a shaoradh sa shabhaladh bho'r peacannan:

## 2. De am Pearsa Diadhaidh a shaor sinn ?

Se 'n darna Pearsa Diadhaidh a shaor sinn.

3. Bho na rinneadh Mac Dhe na dhuine, colion nadar tha aige ?

Tha da nadar 'an Criosta, nadar diahhaidh, agus nadar daonna ; agus mar sin araon, 's fìor Dhia e, agus 's fìor dhuin' e.

## 4. Co miad Pearsa th' ann an Criost ?

Cha n'eil ach aon Phears' ann an Criost, an darna Pearsa d'an Trionaid Bheannaichte.

## 5. Co i Mathair Criost ?

Si 'n Oigh Moire, Mathair Criost; oir ghineadh e leis an Spiorad Naomh is rugadh e le Moir Oigh.

## 6. Cait an d' rugadh Criost ?

Rugadh Criost 'am baile Bhethlehem air la Nollaig.

## 7. Ceamar a shaor Criosta sinn ?

Shaor Criosta sinn le phais fhein.

## 8. De a dh'fhuilig Criost ?

Dh' fhuilig Criost fallus fala a chur dheth, a sgiursadh ceangailte ri post, a chrunadh le crun dreighinn, agus giulan na croise air na cheusadh e air enoc Chalbhari eadar da mheirleach.

## 9. Cait an deach anam ar Slanair an deigh a bhais ?

An deigh bais ar Slanair, chaidh anam do dh' ifrionn nan aithriche naomha, far an robh anmannan nan daoine bean-naichte, a fhuair bas mun d' thainig Criost air talamh, a' feitheamh ri-thighinn-san.



10. An d'eirich Criosta bho na mairbh ?

Thill anam Chrìosta go choluinn an treas la 'n deigh a bhais, 's dh'eirich e le chumhachd fhein bho na mairbh air Didomhnuich-Caisg.

11. C'uin, agus c'arson, a chaidh Chrìosta suas air neomh?

Da fhichead latha bho aiseirigh Chrìost, chaidh e suas air neomh, far am bheil e co-ionan ris an Athair, go seilbh a ghabhail ann an righeachd fhathanas dha i. ein agus dhuinne, gus ar cridheachan a thogail suas na dheigh, 's gus ar cuis a sheasamh an lathair Athar.

12. De dh'fheumas sinn a dheanamh go bhi sabhailte ?

Go bhi sabhailte, feumaidh sinn gach firinn a thaisbean Dia a chreidsinn gu ceart, agus ar caithe-beatha a chuma ri 'r creideamh.

13. Ceamar a bhios sinn cinnteach de thaisbean Dia ?

Bi 'dh sinn cinnteach de thaisbean Dia, le teisteanas Eaglais Chrìosta ; bho na *si steidh agus carragh na firian.* (1 Tim. iii. 15.)

14. Co chuir Chrìosta go craobh-sgaoileadh na h-Eaglais feadh an t-saoghail ?

Chuir Crìost ostail go Eaglais fhein a chraobh-sgaoileadh feadh an t-saoghail gu leir.

15. Ceamar a staidhich Crìost Eaglais ?

Staidhich Crìost Eaglais fhein mar so : Shuidhich e Naomh Peadar agus na h-ostail eile mar luchd-ionaid-san, agus thug e dhaibh cumhachd coltach ri chumhachd fhein, los gum biodh an cinne-daonna gu leir sabhailte le 'm frithaladh. (Eoin, xx. 21.)

16. De na driachdan a thug Crìost do na h-ostail 'nuair a thug e a chumhachd so dhaibh ?

Thug Crìost do na h-ostail, *driachd theagasgairan*, go fhirinneans' a shearmonachadh 'sa dhìon ; *driachd shagart*,

gus  
ail.  
xvi  
]  
tha  
31,  
]  
f  
ach  
]  
tha  
f  
fhe  
cea  
laid  
]  
na  
sua  
gle  
(M  
Tin  
f  
f  
esa  
f  
f  
cho  
sgin  
f  
(

gus a shacramaidean a riarachadh ; agus *driachd' bhuaich-ailleán*, gus na creidmhich a stiuradh 'sa riaghladh, (Matu. xviii. 18 ; xxviii. 18-20.)

17. De an driachd sonraichte a thug Criost do Pheadar ?

Thug Criost do Pheadar na aonar, *driachd ceannaird* thairis air an Eaglais gu leir (Matu, xvi. 18, 19, Luc. xxii, 31, 32, xxii. 15-17.)

18. Nach e Criosta fhein ceannard na ha-Eaglaise ?

Se Criosta fhein ceannard neofhaicinneach na h-Eaglaise; ach se Peadar a ceannard faicinneach.

19. C'arson a steidhich Criosta ceannard faicinneach thairis air an Eaglais ?

Steidhich Criosta ceannard a chithear, thairis air Eaglais fhein, a chionn gur comunn faicinneach i, aig am bu choir ceannard faicinneach air an aobhar sin a bhi.

20. Ceamar a dhearbhas tu gur comunn faicinneach Eaglais Chrìost air talamh ?

Tha e dearbhte gum bheil Eaglais Chrìost air talamh na comunn faicinneach, chionn gum bheil i air a deanamh suas le daoine faicinneach, 's air a co-thionaladh, air a gleidheadh 's air a riaghladh ann an doigh fhaicinneach. (Matu, xvi, xviii ; Gniomhan. I... ; xv, xviii, xxviii ; 1 Tim. iii.)

22. Co e ceannard faicinneach na h-Eaglaise ?

Se 'm Pap, ceannard faicinneach na h-Eaglaise ; oir se esan fear-ionaid an Ostail Pheadair, ciad Easbuig na Roimhe.

23. Co iad luchd-ionaid nan ostal eile ?

'Siad Easbuigean na h-Eaglaise Caitlicich, a tha 'n co-chomunn ris a Phap mar cheannard, sa riaghladh an cuid sgìreachdan fhein, luchd-ionaid nan ostal eile.

24. An urrainn an Eaglaise dol 'am mearachd ?

Cha 'n urrainn an Eaglais dol 'am mearachd na teagasg, a

chionn gum bheil Crìost ag radh nach faigh geatachan iuthar-  
na buaidh orra, gum bi an Spiorad Naomh gu brach a tea-  
gasg a h-uile firinn dhi, 's gum bi e fhein maille rithe go  
deireadh an t-saoghail. (Matu, xvi. 18, 19 ; xxviii. 20 ;  
Eoin, xiv. 15.)

25. Nach 'eil gach aon mar sin, a their gun deachaidh  
an Eaglais am mearachd, a toirt na breige do Chrìosta?

Gun teagamh, tha gach aon, a their gun deachaidh an  
Eaglais 'am mearachd, a toirt na breige do Chrìost, agus  
cionntach ann an diabheum, peacadh a's mua 's a's mise a  
th'ann.

26. De tha thu ciallachadh le diabheum?  
Se diabheum, facal no mionnan tha toirt masladh do Dhia  
no do na naoimh.

27. Am bheil am Pap neo-mhearachdach na theagasg?  
Nuair tha 'm Pap a labhairt, mar fhear-ionaid Pheadair,  
mar bhuchaille, 's mar theagasgair na crìostachd uile, agus  
a soilleireachadh ni air bith, a thaobh creidimh no deagh  
bheusan, 's ga chur mar fhiachaibh air an Eaglais, cha leig  
an Spiorad Naomh leis dol a' mearachd ; oir chuir Crìost e  
mar steidh 's mar riaghladair air Eaglais fhein, agus ghuidh  
e air a shon, los nach failnicheadh a chreideamh. (Matu,  
xvi, 18 ; Eoin xxi. 16, 17 ; Luc, xxii, 32.)

28. Am feum sinn a bhi umhailte anns gach ni a chuireas  
an Eaglais mar fhiachaibh oirnn.

Feumaidh sinn daonnan a bhi umhailte anns gach ni a  
chuireas an Eaglais mar fhiachaibh oirnn a chreidsinn no  
dheanamh ; oir "ge b'e nach eisd ris an Eaglais, seall air mar  
paganach 's mar chis-mhaor." (Matu, xviii. 17.)

29. Ciod e am Biobull?

Se 'm Biobull leabhar Dhe.

30. C'arson a their thu leabhar Dhe ris?

Ti  
gun  
sonr  
mhe:  
leabl  
31  
san l  
A  
roinn  
nan  
32  
Se  
is de  
Spio  
mhe:  
latha  
33  
Cl  
gur  
's na  
agus  
eada:  
fos c  
34  
an sg  
Cl  
adh  
Sgric  
naicl  
fuil  
35  
Cl

Their mi leabhar Dhe ris a Bhiobull, chionn gun a ghluais, gun a sheol, 's gun a dheachd an Spiorad Naomh, daoine sonruichte gus gach cuid dheth a sgrìobhadh gun mbearrachd, agus mar sin gur h-esan fìor ughdair an leabhair gu leir.

31. An deach a h-uile firinn a thaisbean Dia a sgrìobhadh san leabhar so ?

A bharrachd air na chaidh a sgrìobhadh sa' Bhiobull, tha roinn eile de dh'fbacal De ri fhaighinn ann am beul-aithrisean nan ostal. (1 Cor. xi 2; 2 Thess. ii. 14; 2 Tim. 1. 13; ii. 1, 2)

32. Ciod e beul-aithrisean nan Ostal ?

Se beul-aithrisean nan Ostal, firinnean a thaobh creidimh is deagh bheusan, a fhuair na h-ostail bho Chrìost no bho'n Spiorad Naomh, 's a chaidh a chumail suas, fo dhìon neo-mhearachdach na h-Eaglaise, bho linn go linn gus an latha an diugh.

33. Am bheil an Eaglais fos cionn facal De ?

Cha 'n 'eil ; is ann tha 'n Eaglais fo fhacal De, chionn gur h-e facal De a tha ga stiuradh na creideamh 's na gnìomhan ; ach thug an Spiorad Naomh dhi cumhachd agus coir air facal De a mbineachadh, fholluiseachadh, is eadardheallachadh bho gach facal eile ; agus mar sin tha i fos cionn tuigse fhaillinneiche gach duine.

34. An deachaidh moran fhirinnean a thaisbeanadh gun an sgrìobhadh ann an leabhar Dhe ?

Chaidh moran fhirinnean a thaisbeanadh gun an sgrìobhadh 'an leabhar Dhe, mar tha deachdadh agus aireamh nan Sgrìobtur, baisteadh leanaban, naomhachadh an domhnaich 'an aite disathurna, ceartas mhionnan reusonta, cead fuil is nithean tachdte iche, agus mar sin.

35. Nach 'eil na firinnean so anns a' Bhiobull ?

Clan 'eil ; 's ann tha cuid dhiu a' sealltuinn mar gum biodh



iad an aghaidh an fhacail sgriobhte. (Exod. xx. 10-11. Matu, xxiv. 20; v. 33-37; Gníomh, xv. 28, 29.)

36. An urrainn sinn gach firinn a thaisbean Dia a lan-thuigsinn?

Cha n'urrainn sinn moran de na firinnean a thaisbean Dia a lan-thuigsinn, mar tha'n Trionaid agus Feol-ghabhail Christa; oir cha ghabh tuigse chruthaichte ni a tha neo-chríochnaichte a stigh innte fhein.

37. C'ainm a theirear ris na firinnean taisbeinte a tha fos cionn ar tuigse?

Theirear mistirean, ris na firinnean taisbeinte a tha fos cionn ar tuigse, firinnean ged tha, nach 'eil, 's nach urrainn a bhi, an aghaidh tuigse nadurra, chionn gur Dia aon ughdair na tuigse 's na h-uile firinne.

### CAIB III.

1. Am foghainn e dhuinn creidsinn gu daingeann anns gach ni a thaisbean Criosta?

Go sinn fhein a shabhaladh, cha n-fhoghainn e dhuinn creidsinn anns gach ni a thaisbean Dia; feumaidh sinn mar an ciadna ar beatha a chaitheamh gu diadhaidh; oir "tha creideamh gun oibricean, marbh ann fhein," agus "tha na deomhain a creidsinn agus a crith." (Seumas, ii. 17, 19.)

2. Go caithe-beatha dhiadhaidh a leanailt, agus sabhaladh siorruidh a chosnadh, de th'againn ri dheanamh?

Go caithe-beatha dhiadhaidh a leanailt, agus sabhaladh siorruidh a chosnadh, tha againn ri faintean De 's na h-Eaglais a chumail.

3. Co iad faintean De a dh-fheumas sinn uile a chumail? Feumaidh gach aon na deich faintean sin a chumail, a

thug Dia fhein seachad do Mhaois anns an t-Seann Tiomnadh, 'sa dh' uraich Criost san Tiomnadh-Nuadh.

4. Abair a chiad fhainte.

'S mise an Tighearna do Dhia ; na biodh diathan eile agad nam fhianuis ; na dean dhut fhein dealbh no coltas aon ni tha shuas air neomh, no bhos air talamh, no 's na h-uisgeachan fo 'n talamh, na d'thoir aoradh 's na dean seirbheis dhaibh.

5. De tha 'n fhainte so 'g iarraidh ?

Tha chiad fhainte 'g iarraidh oirnn, aoradh a theirt do 'n aon Dia beo, fìor, mar ar cruthadair, ar Slanair, 's ar seilbh shiorruidh.

6. Am bheil an fhainte so a bacail dhealbhannan ?

Cha n' eil a chiad fhainte a bacail dhealbhannan ; se tha i bacail, diathan a dheanamh dhiu.

7. De tuilleadh a tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha chiad fhaint a bacail eiriceachd, iodhol-aoradh, buidseachd, orachan, toirt brìgh a brudaran, eolasan, dol go luchd-fiosachd is innse-fortain, 'sa h-uile comunn ris an aibhistear.

8. Gabh an darna fainte.

Na d'thoir ainm an Tighearna do Dhia an diamhanas.

9. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n darna faint a bacail a h-uile seorsa de mhionnan eithich, obainne, no mi-riatannach ; gach diabheum, speuradh, molluchdan, guidheachan, bristeadh bhoidean laghail, is cumail bhoidean mi-laghail.

10. De tha 'n fhainte so 'g-iarraidh ?

Tha 'n darna fainte 'g-iarraidh oirnn, labhairt le modh 's le athadh mu Dhia, 's mu na h-uile ni naomh.

11. Gabh an treas fainte.

Cuimhnich latha na Sabaid a chumail naomh ; ann an sia

10-11.

a lan-

aisbean  
habhail  
ha neo-

a tha fos

tha fos  
rrainn a  
ughdair

ann anns

e dhuinn  
sinn mar  
oir "tha  
s "tha na  
17, 19.)  
us sabhal-  
amh ?  
sabhaladh  
e 's na h-

a chumail ?  
chumail, a

latha ni thu d'obair 's d'uile ghníomh, ach air an t seachdamh la, tha Sabaid an Tighearna do Dhia ann; na dean obair sam bith air an latha sin, thu fhein, no do mhac no do nighean, do sheirbheiseach no do shearbhanta, do dhamh no d'asal, no'n coigreach a bhios an taobh a stigh dhe d'gheatan.

12. De tha 'n fhainte so 'g iarraidh?

Tha 'n treas faint' ag iarraidh oirnn didomhnuich 's laithcan feille a chur seachad 'an urnuigh 's 'an dleasnas creidimh, an Aifrionn eisdeachd, agus deadh ghulain a bhi againn oirnn thein.

13. De tha'n fhainte so a bacail?

Tha 'n treas faint' a bacail dhuinn bristeadh an domhnaich le obair shaoghailta, mhi-riatanach, leis an Aifrionn a dhearmad, le raictearachd, misg, agus leis gach ni eile tha 'n aghaidh ar sheirbheis do Dhia 's ar n'onair do 'n latha naomh.

14. Gabh an ceathramh fainte.

☞ Thoir onair dha d'athair is dha d' mhathair.

15. De tha 'n fhainte so 'g-iarraidh?

Tha 'n ceathramh faint' a g-iarraidh gaol, onair, agus umhlachd a thoirt dh'ar parantan, is dhaibhsan uile aig am bheil uachdranachd oirnn, anns a h-uile ni nach 'eil peacach.

16. De tuilleadh tha 'n fhainte so 'g iarraidh?

Tha 'n ceathramh faint' ag iarraidh air parantan, an cloinn a thogail an gaol 's an eagal De, an teagasg gu curamach a thaobh gach dleasnais criostail, faire a chumail orra, an cronachadh 'n uair theid iad iomrall, agus samhla math a thoirt dhaibh le caithe-beatha dhiadhaidh.

17. De tha 'n fhainte so a bacail?

Tha 'n ceathramh faint' a bacail dhuinn a bhi tarail, diorrasach, coimheach, no neo-striochdte dh'ar parantan, is dhaibhsan uile a tha fos ar cionn.

18. Gabh an coigeamh fainte.

Na dean marbhadh.

19. De tha 'n coigeamh faint' a bacail ?

Tha 'n coigeamh faint' a bacail murt, tuasaid, fearg, diubhallas, combstri, is droch shamla.

20. Gabh an siathamh fainte.

Na dean adhaltras.

21. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n siathamh faint' a bacail adhaltras is diolanas, pogan is laimhseachadh mi-gheamnaidh, sealltuinn mi bheusach, oranan is cainnt dhrabast, 's a h-uile seorsa peacaidh neo-ghlan.

22. Gabh an seacamh fainte.

Na dean goid.

23. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n seacamh faint' a bacail, ni air bith a thoirt bho 'n atharrach le braid no mealltaireachd 'an reic no'n ceannach, is ni air bith a bhuineas dha a chumail bhuaithe.

24. De tha 'n fhainte so 'g iarraidh ?

Tha 'n seacamh faint' ag iarraidh, a chuid fhein a thoirt do na h-uile duine, gach ni a fhuair sinn le eucoir, a thoirt air ais gun dail, 's ar fiachan a phaidheadh.

25. Gabh an t-ochdamh fainte.

Na tog fianuis bhreige an aghaidh do choimhearsnaich.

26. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n t-ochdamh faint' a' bacail fianuis bhreige, breith obann, briagan, agus culchainnt.

27. De tha 'n fhainte so 'g-iarraidh ?

Tha'n t-ochdamh faint' a g-iarraidh fianuis fhuirinneach a' thogail, sa chliu fhein a thoirt air ais do na h-uile duine bho 'n d'thug sinn e.

28. Gabh an naoitheamh fainte.



Na sanntaich dhut fhein bean do choimhearsnaich.

29. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n naoitheamh faint' a bacail a h-uile sannt, iarratas, agus smaoineachadh mi-gheamnaidh a dh'fhaodas a bhi againn le 'r deoin, agus a bhi gabhail tlachd unnda.

30. Gabh an deicheamh fainte.

Na sanntaich dhut fhein cuid do choimhearsnaich.

31. De tha 'n fhainte so a bacail ?

Tha 'n deicheamh faint' a bacail gach sannt agus iarratas eucorach air cuid no air buannachd an atharraich.

32. Ciod e suim nan deich faintean ?

Se gaol De, suim nan faintean, oir ma bheir sinn fìor ghaol do Dhia, bheir sinn gaol dha thoil 's dha fhaintean anns gach cuis ; uime sin tha Crìost ag radh ; “ Bheir thu gaol do 'n Tighearna do Dhia le d'uile chridhe, le d'uile inntinn, agus le d'uile neart, is dha d' choimhearsnach mar dhut fhein ; dean so agus bithidh tu sabhailte.” (Luc, x, 27, 28.)

33. Am bheil e mar fhiachaibh oirnn faintean na h-Eaglais a chumail ?

Tha e mar fhiachaibh oirnn faintean na h-Eaglais a chumail, oir thuir Crìost ris na h-ostail, 's ri luchd-ionaid nan ostal : “ Esan a dh'eisdeas ribhse, tha e 'g eisdeachd riumsa, agus esan a chuireas suarach sibhse, tha e gam chur sa suarach.” (Luc, x. 16.)

34. Colion faint' Eaglais a th'ann ?

Tha sia faintean Eaglais ann : 1. Eisd an Aifrionn a h-uile domhnach is latha feille. 2. Traisg an Carghus, na ceithir amannan, is laithean ro fheilltean araid agus h uile dihaoine is disathurna fuirich bho fheoil. 3. Dean faosid aon uair sa' bhliadhna 'n car a's lugha. 4. Gabh Corp Crìost aon uair sa' bhliadhna, 's gu sonruichte 'an am na Caisg. 5. Paidh an dlighe dha d'phearsachan-Eaglais. 6. Na pos

an

ba

N.

M

ur

d'

ch

h-

Di

re

gr

ad

n-

sh

as

na

ii.

an taobh a stigh de'n cheathramh cheum cairdis, 's na pos le bainis bho thoiseach na h-Aidbhein go da la dhiag an deigh Nollaig, no bho thoiseach a Charghuis go didomhnuich Mion-Chaisg.

35. Nach 'eileas an iomad aite ag-iche feola air disathurna ?

Thathas am bichiontas ag iche feola air disathurna, far an d' fhuairadh bho 'n Phap cead a h-iche air an latha sin.

#### CAIB. IV.

1. De tha riatanach go faintean De 's na h-Eaglais a chumail ?

The Grasan De riatanach dhuinn go faintean De 's na h-Eaglais a chumail.

2. Co ris a their thu gras De ?

Se gras De, saor-thobhartas caoimhneil thar naduir, a tha Dia a buileachadh, bho thoillteanas Chriost, air creutairean reusanta dh'ionnsuidh na beatha shiorruidh.

3. Colion seorsa ghrasan a' th' ann ?

Tha da sheorsa ghrasan ann: grasan cuideachaidh, agus grasan naomhachaidh.

4. Ciod e gras cuideachaidh ?

Se gras cuideachaidh, gras diomain a tha, le soilleireachadh ar tuigse, 's le neartachadh ar toil, 'g-ar gluasad, 'g-ar n-uidheamachadh, agus 'g-ar n-aomadh, gus an t-ole a sheachnadh 's a math a dheanamh.

5. Am bheil gras cuideachaidh riatanach ?

Tha gras cuideachaidh cho riatanach 's nach urrainn sinn, as aonais, ni air bith a thoiseachadh, a leanailt, no chrìochnachadh a thaobh na beatha shiorruidh. (Eoin xv. 5; Phil. ii. 13.)

## 6. Ciod e gras naomhachaidh ?

Se gras naomhachaidh, gras tha gabhail buan-chomhnuidh san anam, is leis am bheileas a fìor-naomhachadh an duine, ga dheanamh ceart, taitneach le Dia, na uchd-mhac dha, na oighre air flathanas, agus comasach, air gnìomhan a chleachadh a tha toilltinn fhathanais.

## 7. 'Ceamar a ruigeas sinn air grasan De ?

Ruigidh sinn air grasan De le urnuigh 's le Sacramaidean Chrìost.

## 8. Ciod e urnuigh ?

Se urnuigh, ar n' inntinn a thogail suas ri Dia, go aoradh a thoirt dha, go ainm naomh a bheannachadh, go mhathas a mholadh, go taing a thoirt dha airson a chairdis rinn, agus go achanaich air e thoirt dhuinn gach ni tha riatanach no feumail dhuinn.

## 9. De na h-urnuighean bu choir a bhi aig a h-uile Crìosdaidh ?

Urnuigh an Tighearna, no Phaidir, am Beannachadh Moire, a Chreud, an t' Aideachadh, agus Gnìomhan Aoraidh, Aithreachais, Credimh, Dochais, Graidh, agus Buidheachais.

## 10. Abair a Phaidir.

Ar n-Athair, a tha air neomh ; 1. gum bu naomh a bhios t'ainm ; 2. gun tigeadh do righeachd ; 3. gun deanar do thoil air talamb mar a thathas ga deanamh air neomh. 4. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail ; 5. agus math dhuinn ar fiachan, mar a mhathas sinne do luchd-ar-fiach. 6. 'S na leig ann am buaireadh sinn, 7. ach saor sinn bho 'n cle. Amen. (Matu. vi. 9-13.)

## 11. De th'agad ri radh mu dheidhinn na Paidir ?

Si Phaidir an urnuigh as fhèarr a tha 'ann, agus se Crìosta fhein a rinn i, 'sa dh' aithn oirne a bhi 'ga gabhail,

iomhnuidh  
an duine,  
hae dha, na  
a chleach-

cramaidean

go aoradh a  
mbathas a  
s rinn, agus  
iatanach no

a-uile Crìos-

eannachadh  
ian Aoraidh,  
is Buidhear

omh a bhios  
mar do thoil  
h. 4. Thoir  
h dhuinn ar  
h. 6. 'S na  
bho 'n olc.

aidir?  
agus se Crìosta  
bhail.

12. De tha Phaidir a teagasg dhuinn?

Tha Phaidir a teagasg dhuinn gur Dia uile-chumbhachdach ar n-Athair; gur sinne agus clann-daoine gu leir a theaghlach; gum bheil gaol athar aig oirnn, gur coir dhuinne gaol cloinne a thoirt dhasan 's dha cheile, urnuigh a dheanamh ris le lan earbsa as a throcair, agus cuimhneachadh gur coigrich sinn air talamh fada bho 'r dachaidh, "*neomh.*"

13. De tha sinn ag iarraidh anns a Phaidir?

Tha sinn ag iarraidh anns a Phaidir, 1. gun d'thugadh Dia grasan dhuinn go modh, onair, is urram a thoirt dha ainm le 'r caithe beatha; 2. Gun riaghladh e le ghrasan 's le ghradh ar cridheachan gus ar n-uidheamachadh am feith-eamh air righeachd fhlatbanais; 3. Gun deanamaid toil De air talamh cho dileas 's cho deonach sa 'tha na naoimh 's na h-ainglean ga deanamh air neomh; 4. Gun d'thugadh e dhuinn gach la a h-uile ni tha feumail a thaobh anma agus cuirp; 5. Gum mathadh e dhuinn ar peacannan air reir 's mar a bheir sinne mathanas do 'n fheadhainn a ni eucoir oirnn; 6. gun cumadh e bhuainn gach buaireadh is cunnart peacaidh, no gun d'thugadh e co dhiu dhuinn grasan go buaidh fhaighinn orra; 7. 'S gun teasrigeadh e sinn bho na h-uile olc cuirp agus anma, 's gu h-araid bho 'n pheacadh 's bho bhas siorruidh.

14. De 's ciall do 'n fhacal, Amen.

'S facal Eabhra *Amen*, agus se 's ciall dha: *mar sin bith-eadh, sin m'achanaich*, air neo, *mar sin tha, mar sin creid-eam.*

15. Abair am Beannachadh Moire.

1. Failt ort a Mhoire, tha thu lan de na grasan, tha 'n Tighearna maille ruit, 's beannaichte thu am measg nam mna. 2. 's beannaichte toradh do bhronn, Iosa. 3. A naomh Mhoire, a Mhathair Dhe, guidh air ar son-ne na



peacaich, a nis, agus aig uair ar bais. Amen. (Luc. i. 28. 42.)

16. Am feumar onair a thoirt do 'n Oigh Mhoire ?

Feumar onair a thoirt do'n Oigh Mhoire. 1. chionn gum bheil i lan de na grasan bho gineamhuinn, 's mar so, a toirt barr air na h-ainglean uile 's air na naoimh ; 2. chionn gur Mathair De i, agus Banruinn fhathanas ; 3. chionn gur coir dhuinn onair shonraichte 's gaol a thoirt dhise dha 'n d'thug Iosa Criosta fhein urad onair is graidh 's gun robh e umhailte dhi air talamb, gun d'rinn e ro uair san a chiad mhiarailte as leth a h-eadarghuidhe, 's gum bheil e toirt barrachd urram dhi am fathanas na tha e toirt do na h-ainglean 's do na naoimh air fad ; 4. chionn gun d'thug e i mar mhathair 's mar dhion dhuinne, 5. agus a chionn gum bheil e mar fhiachaibh oirnn a bhi ro-thaingéal dhi air son a mor-chaoimbneis rinn, 's a bhi ruith le lan earbsa daonnan g'a h-ionnsuidh a g-iarraidh a cuideachaidh.

17. De a buannaicheas sine le sior chrabhadh ris an Oigh Mhoire ?

Le sior chrabhadh ris an Oigh Mhoire buannaichidh sinn cobhair is furtaebd bhuaipe re ar saoghail, agus a dian-chomhnadh aig uair ar bais.

18. Abair Creud nan Ostal.

Creideam ann an Dia, an t-Athair uile-chumhachdach, Cruthadair neomh agus talmhainn ; agus ann an Iosa Criost, aona Mhac-san ar Tighearna, a ghineadh leis an Spiorad Naomh, a rugadh le Moire Oigh, a dh'fhuilig fo Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bas ; a thiodhlaiceadh, a chaidh sios a dh'ifrinn. a dh'eirich an treas la bho na mairbh, a chaidh suas air neomh, a tha na shuidh air deas-laimh Dhe an t-athair uile-chumhachdach ; a s' a thig e rithist a thoirt breitheanais air bheo 's air mhan. h. Creideam

(Luc. i. 28.

noire ?  
 chionn gum  
 r so, a toirt  
 chionn gur  
 hise dha 'n  
 idh 's gun  
 uair san a  
 gum bheil e  
 toirt do na  
 gun d'thug  
 chionn gum  
 dhi air son  
 carbsa daon-  
 t.

hadh ris an  
 uannaichidh  
 agus a dian-

imbhachdach,  
 a Iosa Criost,  
 s an Spiorad  
 fo Phontius  
 th, a chaidh  
 na mairbh, a  
 r deas-laimh  
 thig e rithist  
 1. Creideam

anns an Spiorad Naomh, 'san Eaglais naomh Chaitliceach, co-chomunn nan naomh, mathanas nam peacannan, aiseirigh na colluine 's a bheatha shiorruidh.

#### 19. Abair an t-Aideachadh.

Tha mi 'g aideachadh do Dhia uile-chumbhachdach, do naomh Mhoire 'bha riabh na h-Oigh, do naomh Micheil an t-Ard-Aingeal, do naomh Eoin Baiste, do na naomh Ostail Peadar agus Pol, do na naoimh uile, (agus dhuibhse, Athair) gnn do pheacaich mi gu trom le m' smaointean, le m' bhriathran, 's le m' ghnìomhannan, le m'choire fhein, le m' choire fhein, le m' mhor-choire fhein. Air an aobhar sin, tha mi 'guidhe air naomh Mhoire 'bha riabh na h-Oigh, air naomh Micheil an t-Ard-Aingeal, air naomh Eoin Baiste, air na naomh Ostail Peadar agus Pol, air na naoimh uile, (agus oirbhse, Athair) urnuigh a dheanamh ris an Tighearna ar Dia air mo shon.

#### 20. Abair Gniomh Aoraidh.

A Dhia shiorruidh uile chumbhachdaich, ughdair ne beatha agus nan gras, ' tha mi toirt aoradh is onair dhut, mar mo chiad thus, agus mo chrìoch dheireonnach, mo Dhia agus mo chulaidh mhathais. Gloir agus cliu gu'n robh dhut bho na h-uile creutair. Amen.

#### 21. Gabh Gniomh Aithreachais.

O mo Dhia, leis gach aon dhe m' pheacannan bais, cheus mi mo Shlanair, Iosa Criost, 's rinn mi ball-fanaid dheth, chaill mi do chairdeas 's mo choir air flathanas, agus dhìt mi mi-fhein do phian shiorruidh iutharna; air an aobhar sin tha aithreachas firinneach orm air an son, 's grain mo chridhe agam orra, is tha mi cur romham le cuideachadh do ghras gu 'n seachainn mi a so suas a h-uile peacadh, agus a h-uile ceann-aobhair peacaidh.

## 22. Gabh Gníomh Creidimh.

Tha mi creidsinn gu daingeann gum bheil aon Dia ann, 's gum bheil san aon Dia sin tri pearsannan, an t-Athar, a' Mac, 's an Spioraid Naomh ; gu'n a ghabh a' Mac nadar daonna air giulan na h-Oighe Moire le cumbachd an Spioraid Naomh, 's gu'n d'fhuilig e pais agus bas air ar son anns a nadar dhaonna sin ; gu'n d'eirich e rithist bho 'n bhas, gu'n deach e suas air neomh, 's gu'n d'thig e rithist a thoirt 'gloir shiorruidh do na daoine diadhaidh, is pian shiorruidh do na daoine mi-dhiadhaidh. A bharrachd air sin, tha mi creidsinn a h-uile ni tha 'n Eaglais Naomh Chaitliceach a cur m'am choinneamh a chreidsinn, chionn gur e Dia—esan nach urrainn mealladh no bhi air a mhealladh,—a thaisbean dhi gach uile firinn 'sa riun neo-mhearachdach i na teagasg.

## 23. Gabh Gníomh Dochais.

O mo Dhia, chionn gum bheil thu uile-chumbachdach, uile-thocrach, uile-mhathasach, agus seasmach ri d'fhacal, tha mi 'n dochas gun d'thoir thu dhomh mathanas 'nam pheacannan tro thoilteanas do Mhic, Iosa Criost, 's gu'n cuidich thu mi le d'ghrasan go leanailt air deagh gnìomhan a chleachdadh, leis an coisinn mi a bheatha shiorruidh a gheall thu dhaibh-san uile a chleachdas caithe-beatha chriostail.

## 24. Gabh Gníomh Graidh, no Carrannachd.

O mo Dhia, a chionn gum bheil thu uile-mhath, is uile-mhaiseach unnad fhein, agus uile-mhathasach dhomhsa 's do chlann-daoine, tha mi toirt gaol dhut fos cionn gach ni; agus 's fhearr lium a h-uile ni a chall na miotlachd a chur ortsa; is airson de ghaoil-sa, tha mi toirt gaol, 's tha toil agam gaol a thoirt dha 'm choimhearsnach mar dhomh fhein.

## 25. Gabh Gníomh Buidheachais.

O mo Dhia, fhuarain na beatha, 's na trocaire, tha mi toirt buidheachais dhut agus taing airson do thiodhlaicean dhomhsa, 's gu h-araid a chionn gum bheil thu air an latha 'n diugh gam dhion, gam ghleidheadh, 's gam arach, gad nach fhiach mi e, 's gad a pheacaich mi gu tric na d'aghaidh. Ach, o mo Dhia, cuimhnich thusa dhomhsa mo pheacannan, is glan bhuam iad le deoir an aithreachais mun dit iad m'anam go bas siorruidh. (*Stad an so, 's cuimhnich peacannan an latha.*) A Thighearna, gleidh sinn nar cadal, 's nar dusgadh air chor 's gum bi ar cairis maille ri Criost, agus ar fois ann an sith. Amen.

26. Ceamar bu choir dh'ar n-urnuigh a bhi go Dia thoileachadh?

Go Dia a thoileachadh, bu coir dh'ar n-urnuigh a bhi iriseal, furachail, agus lan earbsach a toilleanas Chrìosta.

27. De na h-amannan anns an coir, dhuinn urnuigh a dheanamh?

'S coir dhuinn urnuigh a dheanamh gu h-araid, moch is anmoch gach latha, air didomhnuich is laithean feille air fad, agus aig am cunnairt, buairidh. no trioblaid; 's tha Criost agradh gum *bu choir dhuinn a bhi daonnan ag urnuigh* (Luc, xviii. i.), le 'r n-uile-smaointean, bhriathran, is ghniomhannan a thairgse gu tric do Dhia, 's gu diachadaich le sinn fhein a chumail an comhnuidh ann an staid nan gras'.

28. De 'n comharradh a's coir dhuinn a chur oirnn fhein aig toiseach is deireadh urnuigh?

Aig toiseach 's aig deireadh urnuigh, 's coir dhuinn comharradh na croise a chuir oirnn fhein, gus an Trionaid naomh, agus daonnachd is bas ar Slanair a thoirt nar cuimhne.

29. Ceamar a tha comharradh na Croise a deanamh sin? Tha na briathran—*an ainm an Athar, agus a Mhic,*

Dia ann,  
-Athar, a'  
-Iac nadar  
-bachd an  
-air ar son  
-st bho 'n  
-e rithist a  
-h, is pian  
-rrachd air  
-is Naomh  
-in, chionn  
-bhi air a  
-rinn neo-

-bhachdach,  
-i d'fhacal,  
-ianas 'nam  
-Criost, 's  
-air deagh  
-a bheatha  
-das caithe-

-th, is uile-  
-omhsa 's do  
-ach ni; agus  
-chur ortsa;  
-a toil agam  
-e fhein.



*agus an Spioraid Naximh*—a cur par cuimhne gum bheil aon Dia ann 'an tri Pearsannan diadhaidh, 's tha chrois a tha sinn cur oirnn fhein 'an cois nam briathran so a cur nar cuimhne, gun a ghabh am Mac colunn dhaonna, 's gu'n d'fhuilig e 'm bas air a Chrois gus ar sabhaladh.

## CAIB. V.

## 1. Ciod e Sacramaid ?

Se Sacramaid, deas-ghnath (\*) no gnìomh coisrigte, a dh'-orduich Crìost, agus a tha na chomharradh 's na aobhar ghras' do n-anam.

## 2. Co bhuaithe tha bhrìgh so aig na Sacramaidean ?

Tha na Sacramaidean a toirt grasan do n-anam bho thoillteanas Chrìost.

## 3. Am bheil e na bhuanachd mhòr na Sacramaidean a ghabhail ?

The e na bhuanachd mhòr dhuinn na Sacramaidean a ghabhail 'an staid iomchuidh.

## 4. Colion Sacramaid a th'ann ?

Tha seachd Sacramaidean ann : Baisteadh, Daingneachadh, Corp Chrìost, Faosid, Ungadh deireonnach, Ordugh Naomh, agus Posadh.

## 5. De na grasan a tha 'm Baisteadh a toirt dhuinn ?

Tha'm Baisteadh g'ar glanadh bho 'n pheaca' ghine, 's bho pheacadh gnìomha, ma tha e ann ; a deanamh cloinn dhinn do Dhia 's do 'n Eaglais, agus oighreachan dligheach air righeachd fhìlathanais.

## 6. Ceamar a thathas a toirt seachad a Bhaistidh ?

(\*) Rite or ceremony.

Thathas a toirt seachad a Bhaistidh le dortadh uisg air ceann na h-urra thathas a baisteadh, 's ag-radh: *Tha mi ga d' bhaisteadh 'an ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naomh.*

7. Am faodar a bhi' sabhailte gun Bhaisteadh?

Cha'n fhaodar a bhi sabhailte gun Bhaisteadh; oir thuirte Criost; "Mar bi duine air a bhreith a rithist le uisge 's leis an Spiorad Naomh, cha n-urrainn e dol a stigh do righeachd Dhe." (Eoin, III, 5).

8. Co aig a tha coir air Baisteadh a thoirt seachad?

'S ann aig buachailleann na h-Eaglais a tha coir air baisteadh a thoirt seachad; ach ann an cas na h-eiginn, faodaidh neach sam bith a thoirt seachad.

9. Ciod e 'n Daingneachadh?

Se'n Daingneachadh, Sacramaid anns am bheil sinn, le dol fo laimh Easbuig, a factainn an Spioraid Naomh, gus ar daingneachadh 'nar creideamh, 's gus ar nearteachadh los ar creideamh a chur an gnìomh agus aideachadh gun eisimeil cho tric 'sa dh'iarras gloir Dhe is math ar coimhearsnaich sin oirnn.

10. Ciod e Corp Chriost?

Se Corp Chriost, Sacramaid anns am bheil Iosa Criost a lathair, eadar dhiadhachd agus dhaonnachd, fhuil agus fheoil, anam agus chorp, fo riochd arain agus fiona.

11. De tha thu tuigsinn le riochd arain agus fiona?

Tha mi tuigsinn, le *riochd* arain agus fiona, gum bheil coltas, blas, agus dath an arain agus an fhiona, a fuireach an deigh an t-aran agus am fion a bhi air an atharrachadh go corp is fuil Chriosta.

12. Co thug seachad an t-Sacramaid so an toiseach?

Se Criosta fhein a thug an toiseach Sacramaid a Chuirp seachad, an la' m'an d'fhuilig e.

13. Ceamara thug e Chorp do na h-Ostail, 's e fhein beo maille riutha ?

Thug Criost a chorp do na h-ostail mar so: rug e air an aran 's bheannaich e e, 's leis a bheannachadh sin, thionndaidh e le uile-chumhachd an t-aran bho bhi na aran, 's rinn e a chorp fhein dheth; agus rug e air a chupa 's bheannaich e e, 's leis a bheannachadh sin thionndaidh e 'm fion bho bhi na fhion, 'rinn e fhuil fhein dheth, agus thuirt e: *Se so mo chorp sa theid a liubhairt air ur son; so 'm fhuilse theid a dhortadh air ur son; gabhaibh uile dheth: cho tric 'sa ni sibh so, taisbeanaidh sibh bas an Tighearna.* (Matu, xxvi, 26; Luc, xxii, 19; 1 Cor. xi, 24-26).

14. An d'thug Criost cumhachd do dhaoine, aran agus fion a thionndadh go Chorp 's go fhuil ?

Thug Criost cumhachd do shagairt na h-Eaglaise, aran agus fion a thionndadh go Chorp 's go fhuil fhein, 'n uair a thuirt e ris na h-ostail aig a shuipeir dheireonnaich: "Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa." (Luc. xxvi, 19.)

15. Ceamar a tha na sagairt a tionndadh arain is fiona go Corp agus go fuil Christa ?

Tha na sagairt a tionndadh arain agus fiona go Corp 's go fuil Christ le cumhachd Christa fhein ann an iobairt na h-Aifrinn.

16. Ciod e iobairt ?

Se iobairt, tohartas dligheach leis am bheileas a tairgse do 'n Ti a 's airde ni facinneach, 's le cur as dha 'no le ionann 's cur as dha na onair-san, ag aideachadh ard-uacharanachd is ceartais De, maille ri lan-eisimeil agus cionnt an duine.

17. Ciod e iobairt an lagha uir ?

Se iobairt an lagha uir, Iosa Criost a thairg e fhein aig a Chrois na iobairt fhuilteach dha Athair.

18. An robh a h-uile iobairt ri tighinn go crich aig ba Christ ?

Cha robh a h-uile iobairt ri tighinn go crìch aig bas Chrìost; oir bha iobairt an lagha uir ri bhì sior-mhairionnach. (Mal. 1, 10, 11; Luc, xxii, 19-20; Matu, xxvi, 28; Marc, xiv, 24; 1 Cor. xi, 24).

19. C'ainm a th'air an iobairt mhairionnach?

Theirear an Aifrionn ris an iobairt mhairionnach.

20. Co dh'orduich iobairt na h-Aifrinne?

Se Iosa Crìost a dh'orduich iobairt na h-Aifrinne aig an t-shuipèir dheireonach. (Luc, xxii, 18).

21. Ciod e 'n Aifrionn?

Se 'n Aifrionn iobairt anns am bheil Crìost ga thairgse fhein, le lamhan nan sagart.

22. An ionann iobairt na h-Aifrinne, agus iobairt na Croise?

'S ionann iobairt na Aifrinne agus iobairt na Croise; oir se a cheart *Shagart gu brach*, Iosa Crìost, a thairg e fhein air a Chrois, a tha ga thairgse fhein 'an doigh neo-fhuilteach, air ar n-altairean. (Eabh, v. 6; vii, 21).

23. C'arson a dh'orduich Crìost an da riochd 'sa n-Aifrionn?

Dh'orduich Crìost an da riochd, no coltas arain is coltas fiona, go eadardheallachadh fhala bho Chorp a chomharrachadh a mach, agus, mar so, a bhas fuilteach a nochdadh dhuinn.

24. C'arson a dh'orduich Crìost iobairt na h-Aifrinne?

Dh'orduich Crìost iobairt na Aifrinne, los gum biodh fìor-chuimhneachan mairionnach ag inn air iobairt fhuiltich na Croise, 's gun reachadh toradh na h-iobairt fhuiltich a chur ri 'r n-anmannan.

25. De am feum a ni e dhuinn Corp Chrìost a ghabhail 'an staid iomchuidh?

'S beatha shiorruidh dh' ar n-anam Corp Chrìost a

's e fhein beo

h' rug e air an  
h sin, thionn-  
a aran, 's rinn  
's bheannaich  
e 'm fion bho  
thuirte: *Se so  
fhuilse theid a  
cho tric' sa ni*  
(Matu, xxvi,

oine, aran agus

a-Eaglaise, aran  
il fhein, 'n uair  
dheireonach:  
(Luc. xxvi, 19.)  
lh arain is fiona

fiona go Corp 's  
in ann an iobairt

bheileas a thairgse  
s dha 'no le ionann  
ard-uacharanachd  
sionnt an duine.

thairg e fhein air

in go crìch aig ba



ghabhail 'an staid iomchuidh ; oir thuirt Christ : "Is biadh firinneach m' fheoil ; agus is deoch fhirinneach m'fhuil. An neach a dh'icheas m' fheoil, 's a dh'olas m' fhuil gabhaidh e comhnuidh unnamsa, agus mise annsan...Mar tha mise beo tro m' Athair; mar sin bithidh an duine sin beo tromham-sa...Cha n-ann mar dh'ich ur n-aithrichean manna, sa fhuair iad bas. An neach a dh'icheas an t-aran so, bithidh e beo gu siorruidh." (Eoin, vi. 56, 57.)

26. De 'n dolaidh a ni e dhuinn Corp Christ a ghabhail 'an staid mhi-iomchuidh ?

'S diteadh siorruidh dh'ar n-anam Corp Christ a ghabhail an staid mhi-iomchuidh ; oir thuirt an t-Ostal Pol : "Co sa bith a dh'icheas an t-aran so, no dh'olas cailis an Tighearna gu mi-iomchuidh, tha e g-iche 'sa gol dididh dha fhein, le cion aire a thoirt do Chorp an Tighearna" (1 Cor. xi. 27-29.)

27. Ciod e Corp Christ no comaine a gabhail gu mi-iomchuidh ?

Se comaine a ghabhail gu mi-iomchuidh, a gabhail ann an staid a' pheaca'-bhais.

28. De dh' fheumas neach a dheanamh ro chomaine 'nuair tha e 'an staid a' pheacaidh-bhais ?

Ro chomaine a ghabhail, feumaidh an neach a tha coir each 'am peaca' bais mathanas fhaotuinn le Sacramaid na Faosid.

29. Ciod e Faosid ?

Se Faosid Sacramaid a tha toirt mathanas anns na peacannan san tuitear an deigh a Bhaistidh, 'sa tha miadachadh ghras san anam.

20. An d'fhag Criost aig buachaillean na h-Eaglais cumhachd peacannan a mhathadh ?

D'fhag Criost aig buachaillean na h-Eaglais cumhachd

gach peacadh a mhathadh, 'nuair a thuir e ris na h-ostail :  
 " Glacuibhs' an Spiorad Naomh ; ge b'iad dha math sibhse  
 am peacannan, tha iad mathte dhaibh ; agus ge b'iad dha  
 'n ceangail sibhse am peacannan, tha iad air an ceangal."  
 (Eoin, xx. 21, 23.)

31. De th'againn ri dheanamh go lan thoradh Sacramaid  
 na Faosid a bhuannachadh ?

Go lan thoradh Sacramaid na Faosid a bhuannachadh,  
 tha againn ri grasan De a shireadh le durachd  
 eisdeachd mhath a dheanamh, sinn fhein a rannsachadh  
 gu mion air faintean De 's na h-Eaglaise, air na seachd cinn  
 pheaca' bais, agus de cho tric 'sa thuit sinn urnda le  
 smaointean, le briathran, le gnìomhan, no le dearmad ;  
 gnìomh creidimh, dochais, agus graidh a' dheanamh ; sinn  
 fhein a ghluasad go aithreachas firinneach airson ar peacannan ;  
 beannachd an t-shagairt iarraidh aig cathair na  
 h-eisdeachd, an t-aideachadh a ghabhail, ar peacannan uile  
 innse gu saor, soilleir, eisdeachd gu curamach ris na comh-  
 airlean 's na seolaidhean a gheobh sinn, agus ar n-aithrea-  
 chas urachadh aig briathran an fhuasglaidh.

32. Ciod e aithreachas ?

Se aithreachas, bron spioradail airson ar peacannan, is  
 grain orra, maille ri run laidir a seachnadh a so suas.

33. Co miad seors' aithreachais a th'ann ?

Tha da sheors' aithreachais ann : aithreachas iomlan, agus  
 aithreachas neo-iomlan ?

34. Ciod e aithreachas iomlan ?

Se aithreachas iomlan, an t-aithreachas a tha gradh De  
 a beothachadh 'sa brosnachadh 'nar eridhe, chionn gun  
 chuir sinn le 'r peacannan miotlachd air ar n-Athair naomh.

35. Ciod e aithreachas neo-iomlan ?

Se aithreachas neo-iomlan, an t-aithreachas a tha eagal

iutharna agus grainealachd a pheacaidh a fadadh unnainn  
 36. Colion aobhar-aithreachais a th'againn airson ar peacannan?

Tha ceithir aobhar-aithreachais againn airson ar peacannan. 1. Eagal peine; 2. Dochas duaise; 3. Grainealachd a pheacaidh; agus, 4. Mathas De.

37. Gus an t-aithreachas a bhi fìor, cearar a dh'fheumas e bhi?

Gus an t-aithreachas a bhi fìor, 1. feumaidh e bhi bho 's cridhe 's bho 'r toil, chionn gur bron ann e; 2. feumaidh e bhi thar nadair, chionn gur iad firinnean a thaisbean Dia maille ri ghrasan, is urrainn ambain ar brosnachadh gu ionnsuidh; 3. feumaidh e bhi fos cionn nan uile, air ach agus gum bi barrachd grain againn air gach peacadh a rinn sinn, na bhiodh againn air a h-uile ole saoghalta a 's mis 's urrainn eiridh dhuinn; 4. feumaidh e bhi cionn airson h-uile peaca'-bais a rinn sinn, 's nach deachaidh thathas a mhathadh dhuinn; oir cha ghabh aona peaca'-bais mathad gun each uile a bhi mathte cuideachd, a chionn gun bheileas a toirt seachad a mhathais le dortadh ghras naomhachaidh 'sa n-anam,—gras nach urrainn co-sheasam comhla ris am peaca'-bhais.

38. De na comharran a 's cinntiche a dh'fhaodas a bhi againn gun robh ar n-aithreachas fìor?

Feabhas ar giulain, barrachd dichill gus am peacadh agus ceann-aobhair a pheacaidh a sheachnadh, is tuilleadh oidhirp air gleachd an aghaidh a bhuidh; siad so na comharran a 's cinntich' a dh'fhaodas a bhi againn gun robh ar n-aithreachas fìor.

39. Cearar a ruigeas sinn air aithreachas firinneach?

Ruigidh sinn air aithreachas firinneach le shireadh gu durachdach air Dia, le smaoineachadh gu rìreamh gu

bheil sinn le 'r peacannan a toilltinn iutharna, a call fhlanais, a thoirt tair do Dhia ar n-Athair caomh, 'sa ceusadh Iosa Criost as ur, 'sa deanamh ball-fanaid dheth.

40. Ciod e breitheanas-aithrich ?

Se breitheanas-aithrich, gach ni a chuireas ar n-athair-eisdeachd mar coinneamh a dheanamh go dioladh airson ar peacannan, mar tha urnuigh, traisg, agus deire.

41. Am bheil Sacramaid na Faoisid riatanach.

Tha Sacramaid na Faoisid riatanach dhaibhsan uile a thuit 'am peaca-bais an deigh a Bhaistidh.

42. De ma cheileas neach peacadh-bais 'ga dheoin ?

Ma cheileas neach peaca'-bais 'ga dheoin, tha e diteadh anma fhein le briag innse do 'n Spiorad-Naomh.

43. Am fodhainn ar breitheanas-aithrich mar lan phaidheadh airson ar peacannan ?

Cha 'n fhodhainn ar breitheanas-aithrich daonnan mar lan phaidheadh airson ar peacannan, ach faodar an t-uireasubh a dheanamh suas le laghadh-Eaglais.

44. Ciod e laghadh-Eaglais ?

Se laghadh-Eaglais, fuasgladh-Eaglais bho 'n phein amasireil sin a tha Dia gu tric a leagail oirnn, agus a dh'fheumas sinn fhulang anns an t-saoghal-sa, no 'sa Phurgadair, mur d'theid a thoirt mathte dhuinn le laghadh, le breitheanas-aithrich, no le oibrichean math eile.

45. Am bheil comas aig an Eaglais laghadh a thoirt seachad ?

Tha comas aig an Eaglais laghadh a thoirt seachad, oir thuir Criosta ris an Ostal Pheadar : " Bheir mi dhut iuchraichean righeachd fhlanais ; agus ciod sa bith a cheanglas tu air talamh, bithidh e ceangailte air neomh ; agus ciod sa bith a dh'fhuasglas tu air talamh, bithidh e fuasgailte air neomh." (Matu, xiv, 19).

46. De na grasan a tha 'n t-Ungadh Deireonnach a toirt dhuinn?

Tha 'n t-Ungadh Deireonnach gar neartachadh an aghaidh ann-dochais 'an cath-spairn a bhais, a glanadh an anma bho na peacannan sola, 's bho fluighleach nam peacannan bais, a toirt misneach do n'anam 'an am treigsinn na coluinn, 'sa toirt slainte do'n choluinn fhein 'nuair a chi Dia sin iomchuidh do n-anam. (Seumas, v. 14-15).

47. C'uin a thathas a toirt seachad na Sacramaid so?  
Thathas a toirt seachad an Ungaidh Dheireonnaich, 'nuair tha neach 'an cunnart bais le tinneas.

48. Ceamar bu choir de sheomar na h-urra thinn a bhi air uidheamachadh a feitheamh air an t-sagart?

Nuair a ghairmear sagart go Comaine no gus an t-Ungadh Deireonnach a thoirt seachad, bu choir do sheomar an duine thinn a bhi air uidheamachadh le bord a bhi ann air a chuibrigeadh le anart glan agus le uisge coisrighthe, coinneal bheannaichte, ceusadh, is cupa de dh'uisge glan, air uachdar.

49. De bu choir dhaibhsan a bhios a stigh a dheanamh 'nuair tha 'n sagart a riarachadh na Sacramaidean?

'Nuair tha 'n sagart a riarachadh na Sacramaidean, bu choir dhaibhsan a tha stigh, a bhi air an gluinean a gachanaich air Dia trocair a dheanamh air an urra thinn.

50. Mur a h-urrainn an neach tinn sagart fhaighinn aig an uair dheireonnaich, de dh'fheumas e a dheanamh?

Mur a h-urrainn an neach tinn a tha 'n staid a pheacaidh, sagart fhaighinn aig an uair dheireonnaich, feumaidh e aithreachas iomlan a bhi air airson a chuid peacannan.

51. Am foghainn an t-aithreachas iomlan go mathanas a chosnadh?

Foghnaidh an t-aithreachas iomlan daonnan go math-



anas a chosnadh ma tha 'm peacach 'am beachd no 'an durachd a pheacannan aideachadh aig cathair na h-eisdeachd.

52. Am foghainn an t-aithreachas neo-iomlan ann an Sacramaid na Faosid?

Foghnaidh an t-aithreachas neo-iomlan ann an Sacramaid na Faosid.

53. Ciod e Ordugh Naomh?

Se Ordugh Naomh, Sacramaid anns am bheil na pear-sachan-eaglais air an coisrighadh, sa faotuinn ghrasan araid, go aran agus fion a thionndadh go Corp Chrìost, go peacannan a mhathadh, gus na Sacramaidean a riarachadh, agus facal De a theagasg.

54. Ciod e Posadh.

Se Posadh, Sacramaid a tha toirt ghrasan do 'n charaid phosda gaol criostail a thoirt dha cheile, beatha naomh a chaitheamh cuideachd, agus an sliochd a thogail 'an eagal De.

55. An gabh snaim a Phosaidh fuasgladh?

Cha ghabh snaim a Phosaidh fuasgladh, gus am fuasgail am bas i; oir thuirte Chrìost; "An ni a cheanglas Dia, na fuasgladh duine." (Matu, xix. 6.)

56. De na Sacramaidean nach fhaodar a ghabhail ach aon uair?

Cha 'n fhaodar Baisteadh, Daingneachadh, no Ordugh Naomh a ghabhail ach aon uair, a chionn gum bheil na Sacramaidean so a fagail comharraidhean 'sa n-anam nach baill e gu siorruidh.

## CAIB. VI.

1. Ciod e dleasnas a Chriostaidd ?  
Se dleasnas a Chriostaidd, an t-olc a sheachnadh 'sa math a dheanamh.
3. Ciod e 'n t-olc ?  
Se 'n t-olc am peacadh.
3. Co ris a their thu peacadh ?  
Their mi peacadh ri bristeadh air lagh Dhe.
4. Am bheil e na pheacadh bristeadh air laghannan eile?  
Tha e na pheacadh, bristeadh air gach lagh ceart, a chionn gum bheil Dia ag aithn oirnn gach lagh ceart a choimhlonadh.
5. Colion seorsa peacaidh a th'ann ?  
Tha da sheorsa peacaidh ann : peaca'-gine agus peaca'-gniomha.
6. Ciod e 'm peaca'-gine ?  
Se 'm peaca'-gine, am peacadh a tha sinn a toirt ionnsuidh an t-saoghail, 's anns am bheil sinn a faighinn mathanas an tobar a Bhaistidh.
7. Ciod e peaca'-gniomha ?  
Se peaca'-gniomha, am peacadh anns am bheileas a tuiteam le smaointean, le briathran, le gnìomhan, no le dearmad, a tha 'n aghaidh lagh Dhe.
8. Co miad seorsa peaca'-gniomha th'ann ?  
Tha da sheorsa peacaidh-gnìomha ann, peaca'-bais agus peaca'-sola.
9. Ciod e peaca'-bais ?  
Se peaca'-bais, am peacadh a tha toirt bas do n-anam, a chionn gum bheil e fuadach gras' naomhachhaidh bhuaithe 's 'ga dheanamh toillteanach air bas siorruidh iutharna.

## 10. Ciod e peaca'-sola?

Se'peaca sola, am peacadh leis am 'bheil sinn a bristeadh air lagh Dhe ann an ni aotrom, no gun lan eolas, no gun lan aont ar toil. (Prov. xxiv, 16 ; Seumas, iii, 2.)

## 11. Abair na seachd cinn pheacannan bais.

Uabhar, sannt, druis, craos, leisg, farmad, agus fearg.

12. Co iad na seachd subhailcean a chlaoidheas iad sin ? Umhlachd, falachd, geannachd, measarrachd, iasgachd, carrannachd agus faighdinn.

## 13. Abair na tri subhailcean dhiadhaidh.

Creideamh, dochas, agus carrannachd.

## 14. Ciod e creideamh?

Se creideamh, subhaile leis am bheil sinn a creidsinn gu daingeann gach ni a thaisbean Dia, 'sa tha 'n Eaglais a teagasg.

## 15. Ciod e dochas?

Se dochas, subhaile leis am bheil sinn 'an earbsa ri grasan De fhaotainn san t-saoghal-sa, agus a bheatha shiorruidh san t-saoghal tha go tig'inn, tromh thoillteanas Iosa Criost.

## 16. Ciod e carrannachd, no gradh?

Se carrannachd, no gradh, subhaile leis am bheil sinn a toirt gaol do Dhia thar gach ni, 's dh'ar coimhearsnach mar dhuinn fhein air son De.

17. Abair na ceithir peacannan a tha 'g eigheach diugh-altais bho fhathanas.

Murt, peacadh Shodom, ainbheirt air daoine bochda, 's tuarasdal a chumail bho chosnaich.

18. Abair na sia peacannan tha 'n aghaidh an Spioraid Naomh.

Ann-dochas a trocair Dhe, danadas air trocair Dhe, cur an aghaidh na firinn as a riochd, farmad ri math spioradail an

eachnadh 'sa

aghannan eile?  
a lagh ceart, a  
h lagh ceart a

ne agus peaca'-

a toirt ionnsuidh  
inn mathanas an

s am bheileas a  
gniomhan, no le

nn?  
i, peaca'-bais agus

rt bas do n-anam,  
achhaidh bhuaith  
uidh iutharna.

atharraich, rag-leanmhuinn air staid a pheacaidh, agus neo-aithreachas deireonnach.

19. Abair na naoidh dioghean air an urrainn duine a bhi cionntach ann am peacadh an atharraich.

'S urrainn duine a bhi cionntach ann am peacadh an atharraich : 1. Le comhairle. 2. Le ordugh. 3. Le aonta. 4. Le brosnachadh. 5. Le moladh no brosgul. 6. Le gabhail pairt. 7. Le cleith. 8. Le fuireach samhach. 9. Le dion an uile.

20. Abair seachd tiodhlaicean an Spioraid Naomh.

Gliocas, tuigse, comhairle, neart, eolas, diadhachd, agus eagal an Tighearna.

21. Co iad da thoradh dhiag an Spioraid Naomh ?

Carrannachd, aoibhneas, sith, faighidinn, caomhalachd, mathas, fad-fhulangas, ciuineachd, firinn, stuamachd, measarrachd, agus geamnachd.

22. Gabh seachd oibrichean corporra na trocaire.

1. Biadh thoirt do 'n acrach. 2. Deoch do 'n phaitheach. 3. Aodach do 'n nochd. 4. Fardach do 'n deoiri. 5. Dol a choimhead air daoine tinne. 6. Dol a shealltainn air prionsanaich. 7. 'S na mairbh a thiodhlaicadh.

23. Gabh seachd oibrichean spiriodail na trocaire.

1. Am peacach a chronachadh. 2. An t-aineolach a sheoladh. 3. An teagmhach a chomhairleachadh. 4. Misneach a thoirt do 'n bhronach. 5. Eucoir a ghiulan le faighidinn. 6. An t-olc a mhathadh. 7. Guid'ne airson bheo' agus mhairbh.

24. Gabh na h-ochd beannachdan.

1. 'S beannaichte an fheadhainn a tha bochd nan spiorad bho 'n is leo righeachd neomh. 2. 'S beannaichte na daoine ciuin, bho na gheobh iad seilbh air an talamh. 3. 'S beannaichte luchd a bhroin, bho na gheobh iad solas.

peacaidh, agus  
 an duine a bhi  
 m peacadh an  
 3. Le aonta.  
 ul. 6. Le ga-  
 samhach. 9.  
 id Naoimh.  
 iadhachd, agus  
 l Naoimh?  
 i, caomhalachd,  
 amachd, meas-

trocaire.  
 do 'n phaitheach.  
 doiri. 5. Dol  
 shealltainn air  
 adh.  
 na trocaire.  
 n t-aineolach a  
 achadh. 4. Mis-  
 soir a ghiulan le  
 7. Guidhe airson  
 bochd nan spiorad  
 nnaichte na daoine  
 n talamh. 3. 'S  
 eobh iad solas.

'S beannaichte an fheadhainn air am bheil acras agus pathadh a cheartais bho na gheobh iad an lan-riarachadh. 5. 'S beannaichte luchd na trocair, bho na gheobh iad trocair. 6. 'S beannaichte luchd a chridhe ghlain, bho na chi iad Dia. 7. 'S beannaichte luchd dheanamh na sith bho na theirear clann De riutha. 8. 'S beannaichte an fheadhainn a dh' fhuiligeas geur-leanmhuinn airson a cheartais, bho 'n is leo righeachd Dhe. (Matu, v. 3-10.)

25. Co iad comhairlean an t-soisgoil?

Deoin-bhochduinn, gna-gheamnachd, agus lan-umhlachd.

26. Colion friamh subhaile a th 'ann?

Tha ceithir friamh subhaile ann; gliocas, ceartas, neart agus measarrachd.

#### CAIB. VII.

1. Cait an d'theid an t-anam an deigh bais duine?

An deaghaidh bais duine, grad theid an t-anam an lathair cathair-bhreitheanas Christ.

2. Ma dh'fheoghear neach ciontach am peaca'-bais, de dh'eireas do,'n-anam?

Ma dh'fheoghear neach ciontach ann am peaca'-bais aig a' bhreitheanas, theid anam gun stad do dh-iutharna.

3. Ciod e iutharna?

Se iutharna, dachaidh na h-uile doruinn fad na siorruchd.

4. Ma bhasaicheas neach ann an staid nan gras, ach ciontach am peaca'-sola, no gun lan-phaidheadh do cheartas? De, cait an d'theid an t-anam?

Ma bhasaicheas neach ann an staid nan gras, ach ciontach am peaca'-sola, no gun lan phaidheadh do cheartas De airson peacannan-bais a chaidh a mhathadh dha a



thaobh na cionta agus a pheanais shiorruidh, theid an t-anam re uine do 'n Purgadair.

5. Ciod e 'm Purgadair ?

Se 'm Purgadair, aite no staid peanais san t-saoghal eile, far am bheil cuid de dh-anmannan a fulang re uine mu 'n urrainn iad a dhol do fhilathanas.

6. Ceamar a dhearbhas tu gum bheil Purgadair ann ?

Tha e dearbhte gum bheil Purgadair ann, chionn tha Eaglais neo mhearachdach a teagasg so ; agus a chionn nach d'theid ni truailidh air bith a stigh do fhilathanas, 's nach eileas daonnan a mathadh a h-uile pian amasireil nuair thathas a mathadh na pian shiorruidh ; agus mar so, bho na dh'fhaodas neach basachadh ciontach am peaca' sola no gun lan-dhioladh airson peacannan bais, feumaidh e se chas sinn dol far an d'theid ceartas De a lan-phaidheadh (Taisb. xxi, 27 ; Aireamh. xx ; Deut. xxxii, 49 ; 2 Righ. xii, 14.)

7. An dean urnuighean, is deagh-oibrichean nan creidmheach cuideachadh ris na h-anmannan a tha fulang am pian a Phurgadair ?

Ni urnuighean is deagh oibrichean nan creidmheach cuideachadh ris na h-anmannan a tha fulang am pian a Phurgadair ; oir air do na creidmheach a bhi nan cloinn do Dhia 's do 'n-Eaglais, tha iad a pairteachadh ann an co-chomunn nan naomh, agus tha 'n Sgriobtur ag radh gum bheil e na chleachdadh naomh agus feumail guidhe airson marbh los gum faigh iad fuasgladh bho 'm peacannan. (Maccab. xii, 46.)

3. Ciod e co-chomunn nan naomh ?

Le co-chomunn nan naomh tha mi ciallachadh gun bhi na naoimh air neomh, na creidmheach air talamh 's na h-anmannan a tha sa' Phurgadair, ann an companas

cheile, air achd agus gum bheil na naoimh air neomh a cuideachadh leis na creidmhich a tha air talamh, 's na creidmhich air talamh a cuideachadh le cheile 's leis na h-anmannan a th'anns a Phurgadair, le 'n urnuighean 's le 'n oibrichean matha, is gu h-araid le iobairt na h-Aifrinne.

9. Ciod e neomh no flathanas?

Se flathanas dachaidh ghlormhor nan naomh 's nan ainglean, far am bheil iad gu siorruidh ann an lan-sholas a faicinn Dhe aghaidh ri aghaidh.

10. Am bheil e ceadachte aoradh a thoirt do na h-ainglean, no do na naoimh?

Cha n' eil e idir ceadachte aoradh a thoirt do neach ach do Dia na aonar.

11. An coir dhuinn onair a thoirt do na h-ainglean 's do na naoimh?

'S coir dhuinn mor-onair a thoirt do na h-ainglean 's do na naoimh, a chionn gum bheil Dia gan urramachadh 's gan crunadh mar a chairdean fhein, 's gum bheil iad a righ-eachadh maille ris. (2 Tim. 11, 18.)

12. Am bheil e iomchuidh guidhe orra ar cuideachadh?

Tha e ro iomchuidh guidhe air na h-ainglean 's air na naoimh ar cuideachadh le 'n eadarghuidhe: oir 's mor is fhiach buan urnuigh an duin' ionraice. (Seumas. 5. 16.)

13. An urrainn na naoimh 's na h-ainglean eadarghuidhe a dheanamh air ar son?

Tha 'n Sgriobtur a dearbhadh gum bheil fios aig na naoimh 's aig na h-ainglean air ar 'n urnuighean-ne, gum bheil iad gan tairgse suas do Dhia, 's mar sin, gur h-urrainn iad eadarghuidhe a dheanamh 's gum bheil iad ga dheanamh air ar son. (Taisb. v. 5, 8; viii, 3.)

14. An coir dhuinn onair a thoirt do chuimhneachain 's do dhealbhan nan naomh?

Ma's coir dhuinn onair a thoirt do chuimhneachain 's do dhealbhan ar cairdean gradhach eile, 's mua gu mor a's coir dhuinn onair a thoirt do chuimhneachain 's do dhealbhan nan naomh, a tha togail smaointean diadhaidh 'nar cridheachan, nuair a sheallas sinn orra; ach cha 'n fhaod sinn urnuigh a dheanamh riutha, a chionn nach 'eil fradharc no claisneachd aca, no comas ar cuideachadh.

15. De tha thu ciallachadh le cuimhneachain nan naomh?

Tha mi ciallachadh le cuimhneachain nan naomh, cuirp no cnaimhean nan naomh, no ni sa' bith a bhui no bhean dhaibh 'nuair a bha iad sa bheath-sa.

16. Am fuirich columnan chloinn-daoine a' feasd san talamh?

Eirigh columnan chloinn daoine air la a bhreitheanais go beatha neo-bhasmhor.

17. De an staid anns an eirich iad?

Anns an aiseirigh, bithidh columnan nan naomh ro-mhaiseach agus glormhor, ach bithidh columnan nam peacach anabarrach oillteal agus truailidh.

18. Ciod e 'm breitheanas deireonnach?

Se 'm breitheanas deireonnach, am mod mor anns an d'thoir Criosta breith air na h-ainglean agus air a chinneadh-daonna, 's anns *am faigh a h-uile h aon air reir 's mar a rinn e, biodh e math no cè.* (2 Cor. v. 10.)

19. Ma chaidh breith a thoirt air gach duine aig uair a bhais, c'arson a bheirear a rithist breith air?

Bheirear a rithist breith air a h-uile duine comhla, air latha mor a bhreitheanais, go taisbeanadh ceartais De do gach neach, 's gus am faigh Criost, a fhuair masladh am hianus morain san t-saoghal-sa, cliu an lathair nan uile.

20. De na nithean air an d'thoir e breith?

achain 's do  
mor a's coir  
dhealbhan  
naidh 'nar  
ha 'n fhaod  
'eil fradharc

nan naomh ?  
naomh, cuirp  
in no bhean

a' feasd san

reitheanais go

n naomh ro-  
lunnan nam

mor anns an  
r a chinneadh-  
reir 's mar a

uine aig uair a

ine comhla, air  
ceartais De do  
air masladh am  
ir nan uile.  
h?

Bheir Criosta breith air ar smaointean, air ar briathran, air ar gnìomhan, 's air ar dearmadan.

21. Ceamar a thig Criost a thoirt breith oirnn ?

Go breith a thoirt oirnn, thig Criost ann a' neoil nan speur le mor-chumhachd agus le glòir, agus ainglean uile marris. (Matu, xxiv. 30 ; xxv. 31.)

22. De their Criosta ris na daoine molluichte ?

Their Criosta ris na daoine molluichte : " Gabhaibh bhuan a luchd nam molluchd, go teine siorruidh, a chaidh uidheamachadh do 'n deomhan 's dha ainglean." (Matu, xxv. 41.)

23. De their e ris na daoine beannaichte ?

Their Criosta ris na daione beannaichte : " Thigibhse, a mhuintir beannaichte m' Athar, gabhaibh seilbh air an righeachd, a chaidh uidheamachadh dhuibh bho steidheachadh an t-saoghail." (Matu, xxv. 14.)

24. Co dhiu 's coir dhuinn barrachd curam a ghabhail dh'ar n-anam na dh'ar colunn ?

'S coir dhuinn barrachd curam a ghabhail dh'ar n-anam na dh'ar colunn ; oir tha Dia ag radh : " Ciod e 's fheairrde duine, ged a choisneadh e an saoghal gu leir, ma chailleas e anam ?" (Matu, xvi. 26.)

25. Co iad na ceithir nithean deireonnach is coir dhuinn a chumail daonnan nar cuimhne ?

Siad spairn a bhais, cruas a bhreitheanais, pian iutharna, is glòir fhathanais, na ceithir nithean deireonnach is coir dhuinn a chumail nar cuimhne, gus ar dìon' bho gach peacadh.

26. Co iad na sia puingean creidimh a's riataanaiche a th'ann ?

Siad so na sia puingean creidimh a's riataanaich' a th'ann :  
—1. Cha n'eil ann ach aon Dia a chruthaich agus a tha

riaghladh a h-uile ni. 2. Tha Dia na bhrìtheamh uil-  
fhiosrach agus uile-cheart. 3. Tha trì Pearsannan anns an  
aon Dia,—an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh.  
4. Rinneadh na dhuine Iosa Criost, an darna Pearsa d'an  
Trionaid Naomh, agus bhasaich e air a Chrois go sinne  
shabhaladh. 5. Tha 'n t-anam neo-bhasmhor. 6. Tha  
grasan tur riatainach dh'ionnsuidh an t-sabhalaidh shiorruidh.



th  
Fa  
h-  
m  
A  
a  
sr  
ag  
di  
di

A

rr

B



theamh uil-  
nan anns an  
rad Naomh.  
Pearsa d'an  
ois go sinne  
or. 6. Tha  
h shiorruidh.

## CRABHADH NA CONAIR-MHOIRE.

Tha 'n Crabhadh naomh so air a roinn na thri earrannan ; tha coig mistirean anns gach earrann ; aon Phaidir, is deich Failtean-Moire a dunadh le Gloir do 'n Athair &c- anns a h-uile mistire ; is tha 'n t-iomlan mar sin a tighinn go coig mistirean diag, coig Paidrichean diag, coig-diag Gloir do'n Athair, is ciad gu leth Failtean-Moire. Far am bheileas a deanamh a Chrabhaidh so air thri chuairt, thathas a beachd-smaoineachadh na coig mistirean eibhinn a h-uile diluain agus diardaoin ; na coig mistirean doruinneach a h-uile dimairt 's dihaoine ; agus na coig mistirean glormhor a h-uile didomhnuich, diciaduin, is disathurna.

### A CHONAIR MHOIRE.

An ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naomh Amen.

A Spioraid Naomh, thig agus lion cridheachan do chreidmheach, agus las unnda teine do ghaoil.

V. Cuir a mach do spiorad, 's bidh iad air an cruthachadh.

R. Agus ath-nuadhaichidh tu aghaidh an talmhainn.

### GUIDHEAMAID.

A Dhia, a theagaisg cridheachan nan creidmheach le coilleireachadh an Spioraid Naomh ; deonaich dhuinn's an

Spiorad chiadna, a bhi 'n deigh air a cheart, agus sior-thoilinntinn a bhi oirnn na cho-fhurtachd-san. Tromh Iosa Criost ar Tighearna. Amen.

NA COIG MISTIREAN EIBHINN.

1. Anns a' chiad mhistire eibhinn, tha sinn a beachd-smoineachadh mar a chuir an t-Ard aingeal Gabriel failt air an Oigh Mhoire, 's mar a dh'innis e dhi gun robh ar Tighearna Iosa Criosta dol a ghabhail colunn dhaonda dh'i.—“ Ar n-Athair a tha air neomb, &c ,” *aon uair*, “Failt ort a Mhoire &c., *deich chuairt*, agus Gloir do'n Athair agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh, Mar a bha, 's mar a tha, 's mar bhitheas, fad shaoghal nan saoghal. Amen,” *aon uair*.

*Tha na h-urnuighean ciadna ri radh anns a h-uile mistire a leanas.*

2. Anns an darna mistire eibhinn, tha sinn a beachd-smoineachadh nuair a chuala Moire gu'n robh ban-naomh Ealasaid torrach, gu'n deach i gu luath a dh'annharc oirre, agus gu'n d'fhuirich i comhla rithe re tri miosan.

3. Anns an treas mistire eibhinn tha sinn a beachd-smoineachadh mar a' rug an Oigh bheannaichte Moire, san am fhreagarrach dhi, ar Slanair Iosa Criost mu mhiodhon oidheche ann am baile Bhethlehem, 's mar a chuir i 'na laidhe e ann am prasaich eadar da bhruid.

4. Anns a' cheathramh mistire eibhinn tha sinn a beachd-smoineachadh mar a thairg an Oigh ro-bheannaichte Moire, air la a glanaidh do reir an lagha, an leanabh uile-naomh Iosa anns an teampull, 's mar a ghabh an naomh aosar Simeon e air a ghairdeanan.

5. Anns a' choigeamh mistire eibhinn, tha sinn a beachd-

smaoineachadh mar a chail an Oigh Mhoire a' Mac ionmhuinn, mar a shir i e fad tri latha, 's mar a fhuair i e am miodhon nan ollaichean a reusonachadh riutha na dhabhliadhn-dhiag a dh'aois.

NA COIG MISTIREAN DORUINNEACH.

1. Anns a' chiad mhistire dhoruinneich tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a rinn ar Tighearna Iosa Criost urnuigh ann an garradh Olibheit, 's mar chuir e fallus fala dheth.

2. Anns an darna mistire dhoruinneich, tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaidh ar Tighearna Iosa Criost a sgiursadh gu ro-chruaidh chridheach an tigh Philait, a faighinn uibhir strachdan 's nach urrainnear an cunntadh.

3. Anns an treas mistire dhoruinneich tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaidh ar Tighearna Iosa Criost a chrunadh le crun-dreighinn.

4. Anns a' cheathramh mistire dhoruinneich tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaidh Iosa a dhiteadh go bas, 's mar a chuireadh a chrois throm air a ghuailllean creuchdach, los a thair 'sa phian a mhiadachadh thar tomhais.

5. Anns a' choigeamh mistire dhoruinneich tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaidh a chuid aodaich a spionadh dhe'r Slanair air dha Calbhari ruighinn, 's mar a chaidh a lamhan 'sa chasan a thairngeadh ris a chrois air na bhasaich e am fianuis a Mhathar ro-bhronaich.

NA COIG MISTIREAN GLORMHOR.

1. Anns a chiad mhistire ghormhoir tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a dh'eirich ar Tighearna, Iosa Criost,

gu buadhach 's gu glormhor air an treas la bho bhas go beatha, 's mar a tha e a so suas fos-cionn gath a bhais, is guin peine.

2. Anns an darna mistire ghlomhoir tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaidh Iosa Criost, an ceann da fhichead la 'n deigh aiseirigh, suas go neomh air a chuairt-eachadh le ainglibh, ann an lathair a Mhathar ro-bheannaichte agus nan deisciopuil.

3. Anns an treas mistire ghlomhoir tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a shuidh Iosa Criost air lamh dheis an Athar, 's mar a chuir e an Spiorad Naomh a nuas air na h-Ostail 's air an Oigh ro-naomh anns an t-seomar far an robh iad ri crabadh dian a feitheamh tìochd a' Chofhurtair.

4. Anns a' cheathramh mistire ghlormhoir tha sinn a beachd-smaoineachadh mar a chaochail an Oigh Mhoire a bheatha so, da-bhliadhn-diag an deigh aiseirigh a Mic Iosa, 's mar a thog na h-ainglean suas i as an t-saoghalsa do fhliathanas.

5. Anns a' choigeamh mistire ghlormhoir tha sinn a' beachd-smaoineachadh mar a chuir am Mac crun air ceann Moire am flathanas, 's tha sinn cuideachd a toirt fonear gloir nan naomh uile.

#### LEADAN MHOIRE.

Tha sinn a ruith nar n-eiginn fod sgeith a Mhathair naomh Dhe, na diult eisdeachd ri 'r n-achanaich ach saor sinn bho gach cunnart, Oigh ghlormhor agus bheannaichte.

A Thighearna, dean trocair oirnn. A Chriosta, dean trocair oirnn. A Thighearna, dean trocair oirnn.

A Chriost, eisd ruinn. A Chriost, gu grasmhor eisd ruinn.

bhas go  
hais, is

beachd-  
ann da  
shuairt-  
bhean-

beachd-  
neis an  
na h-  
far an  
urtair.  
sinn a  
oire a  
c Iosa,  
fhla-

inn a'  
ceann  
r gloir

athair  
saor  
chte.  
dean

eisd

A Dhia Athair nam flathais,  
*Dean trocair oirnn.*

A Dhia Mhic, Fhir-saoraidh  
an t-saoghail, *Dean trocair  
oirnn.*

A Dhia, a Spioraid Naoimh,  
*Dean trocair oirnn.*

A Thronaid naomh aon Dia,  
*Dean trocair oirnn.*

A Naomh Mhoire, *Guidh air  
ar son.*

A Mhathair Naomh Dhe,  
Oigh naomh nan oighean,

A Mhathair Christiata,

A Mhathair nan grasan  
diadhaidh,

A Mhathair ro-ghlan,

A Mhathair ro-gheam-  
aidh,

A Mhathair gun truail-  
eadh,

A Mhathair gun smal,

A Mhathair ro-ghradhach,

A Mhathair ro-ionmholta,

A Mhathair ar Cruith-  
adair,

A Mhathair ar Slanair,

Oigh ro-ghlic,

Oigh ro-mheasail,

Oigh ro-chliuteach,

Oigh ro-chumhachdach,

Oigh ro-throcaireach,

Oigh ro-dhileas,

A Sgathain a cheartais,

A Chathair a ghliocais,

A Chinn-aobhair ar solais,

A Shaghaich Spiriodail,

A Shaghaich urramaich,

A Shaghaich ro-chrabhach,

A Rois dhiomhair,

A Thuir Dhai,

A Thuir na maise,

Arois orail,

Airc a chumhnaint,

A Dhoruis fhathanais,

A Reul na maidne,

A Shlainte nan easlain-  
teach,

A Dhion nam peacach,

A Chobhair nan deoiridh,

A Thaie nan Criosdaidhan,

A Bhanruinn nan aingeal,

A Bhanruinn nan aithriche  
naomha,

A Bhanruinn nam faid-  
hean,

A Bhanruinn nan ostal,

A Bhanruinn nam mar-  
tairean,

A Bhanruinn nan aid-  
mheileach,

A Bhanruinn nan oighean,

A Bhanruinn nan Naomh  
uile,

*Guidh air ar son.*

*Guidh air ar son.*



A Bhanruinn a ghineadh gun-smal peacaidh, *Guidh air ar son.*

A Bhanruinn na Conair fhior-choisrigte, *Guidh air ar son.*

Uain De, tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, *Dean fathamas ruinn, O Thighearna.*

Uain De, tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, *Gu trocaireach eisd ruinn, O Theghearna.*

Uain De, tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, *Dean trocair oirnn.*

Tha sinn a ruith nar n-eiginn fod sgeith, a Mhathair naomh Dhe, na diult eisdeachd ri'r n-achanaich, ach saor sinn bhe gach cunnart, O Oigh ghlormhor agus bheannaichte.

V. Guidh air ar son, a Mhathair Bheannaichte Dhe. R. Los gun toill sinn gealladh Chrìosta.

Guidheamaid.—Doirt a Thighearna, tha sinn a' guidh ort, do ghrasan nar cridheachan, air chor 's gum faod sinne, a fhair fios air daonndachd do Mhic Iosa Crìosta le teachd-aireachd aingil, ruigheachd, as leth a phais agus a chroise, air gloir na h-aiseirigh ; tromh Iosa Crìost ar Tighearna. Amen.

Comhnadh Dhe gun robh daonnan maille ruinn. Amen.

Fois gun robh aig anmannan nam marbh-chreideach tromh iochd Dhe. Amen.

#### FAILT AN AINGIL.

V. Labhair an t-Aingeal ri Moire : agus ghin ise leis an Spiorad Naomh. *Failt ort a Mhoire, &c.*

V. Seall bean-mhuinntir an Tighearna : biodh e deante dhomh air reir t'fhacail. *Failt ort a Mhoire, &c.*

Guidh air

Th air ar

-saoghail,

ghail, Gu

-saoghail,

Mhathair

ach saor

nnaichte.

Dhe. R.

a' guidh

od sinne,

e teachd-

chroise,

ghearna.

Amen.

reideach

leis an

deante

V. Is ghabh am Facal nadar daonnda : 's rinn e comh-nuidh 'nar measg. *Faill ort a Mhoire, &c.*

V. Guidh air ar son a' Mhathair naomh Dhe ; los gun deanar toillteanach sinn air gealltanais Chriosta.

Guidheamaid.—Doirt, a Thighearna, tha sinna' guidh ort do ghrasan nar cridheachan, air chor 's gum faod sinne, a fhuair fios air daorndachd do Mhic Iosa Criosta le teachd-aireachd aingil, ruigheachd as leth a phais agus a chroise air gloir na h-aiseirigh ; tromh Iosa Criost ar Tighearna. Amen.

GLOIR DO DHIA.



# SLIGHE NA CROISE.

(VIA CRUCIS.)

*Míneachadh.*

1. RIAMH bho linn ar Slànair bha e na chleachdadh aig Crìostaidhnean dol as gach cèarna de'n domhan air thurus-cràbhaidh a shealltainn nan ceart àiteachan 's an d'fhuilig Crìost' a Phàis. Leanadh air sin bho àm gu h-àm gus an do chuir na h-ana-creidich fòpa-fhéin Talamh-a-Ghealltanais. Mu'n àm sin chaidh tòiseachadh air *Slighe na Croise* 's na h-eaglaisean.

2. Tha Slighe na Croise 'rìochdachadh slighe ar Slànair bho thigh Philait, far an deach a dhiteadh, gu mullach Chalbhari, far an deach a chéusadh; agus bho sin thun na h-uaghach 's an deach a thasgadh 'an deaghaidh a bhàis. Tha i air a roinn na 'ceithir chinn-uidhe dhiag ris an abrad Stad; agus aig gach Stad tha crois de dh-fhiodh, is dealbh a tha 'rìochdachadh roinn de'n Phàis.

3. Cha'n 'eil laghadh-eaglais a bhuilich Pàp riamh air dol air thurus-cràbhaidh do dh-Ierusalem ('s gun teagamh bu làn-laghaidh mòran dhiubh), nach fhaod neach sa bith a théid gu h-ìomchuidh romh Shlighe na Croise ann an staid an fhìor-aithreachais, a chosnadh dha-fhéin 's do na marbh-chreidich, agus sin leis-fhéin no 'n cuideachda feadhnaich eile.

4. 'An àm dol tro Shlighe na Croise bheirear fonear gu'm féumar, gus na laghaidh-eaglais a chosnadh, (1) Dol thun

gach c  
dòmhan  
am bith  
Stad;  
Slànair  
air a s  
a leith

1.  
na lag  
làn-lag  
nam r  
rach b  
choma

2.  
air bia  
dean t  
eaglais  
rach le  
Aig 'A  
a' mhe  
robh a  
seinne  
Stad.

Their an

O Ios  
sios 'ad  
anman

gach cinn-uidhe fos leth; ach mur bi sin goireasach a thaobh dòmhladais sluaigh, no aobhar eile, fógnaidh do neach far am bí e, 'aghaidh a thionndadh ris a' chrois a th'aig gach Stad; (2) Meórachadh car ùine air réir a chomais, air Pàis ar Slànair. Cha'n 'eil ùrnaigh shònraichte sa bith riatanach; air a shon sin thàthas a' moladh a' chrabhaidh a leanas, no a leithid eile.

*Seòladh.*

1. *'Ad aonar.* Dean gnìomh aithreachais; cuir romhad na laghaidh-eaglais a tha'n cois a' chràbhaidh so, ach aon làn-laghadh dhut-fhéin, ma thogras tu, a bhuanachd air son nam marbh-chreideach. Tòisich aig taobh an t-soisgeil 's rach bho Stad gu Stad a' meórachadh car ùine air réir do chomais air Pàis ar Slànair.

2. *Le cuideachda.* An uair a théid an sagart air a ghlùn air bialaobh na h-altrach rach-sa air do ghlùn cuideachd; dean an gnìomh aithreachais: cuir romhad na laghaidh-eaglais a chosnadh; an uair a dh'èireas esan éirich thusa 's rach leis bho Stad gu Stad mar gu'm biodh thu leat-fhéin. Aig 'Adoramus' lùb air do ghlùn deas; seas aig léughadh a' mheórachaidh; 'an sin rach air do ghlùn gu 'Fois gu'n robh aig anmannan nam marbh-chreideach.' Is tric gu'n seinnear ceithreamh de'n 'Stabat Mater' a' dol eadar gach Stad.

*Cràbhadh.*

Their an sagart 's e-fhéin 's na cléirich air an g'lùn air bialaobh na h-altrach:

O Iosa, 'Shlànair ghràmhòir, seall sinne ga'r n-ùmhlachadh sìos 'ad làthair a ghuidhe trècaire dhuinn-fhéin 's do dh-anmannan nam marbh-chreideach. Deònaich toradh uile-

luachmhor do Phàise, air am bheil sinn 's an uair a' dol a mheòrachadh, a chàradh ri 'r n-anam; agus mar a ghabhas sinn slighe nan diar 's na dòruinne so, gu'n taisich bròn 'is aithreachas ar cridhe, air chor 's gu'm bi sinn làn-leagte ri diachainnean, 's ri trioblaidean na beatha so 'ghlacail le aoibhneas agus le ùmhlachd.

V. Fosglaidh Tusa, a Thighearna, mo bhial.

R. Agus bheir mo theanga cliù dhut.

V. A Dhia, thig gu m' chòmhnadh.

R. A Thighearna greas gu 'm chuideachadh.

V. Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

R. Mar a bhà, 's mar a thà, 's mar a bhitheas, fad shaoghal nan saoghal. Amen.

#### I. STAD.

*Iosa air a dhìteadh gu bàs.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, a Chrìosta agus tha sinn a' toirt cliù dhut.

R. A chionn le d' chrois naoimh gu'n do shaor thu an saoghal.

'An deaghaidh toibheum a thoirt dha 'an tigh Chaiphais, agus fanaid a dheanamh air 'an tigh Héroid, tha Iosa air a tharrainn 'an làthair Philait: a dhruim air a réubadh le sgiùrsadh, 's e air a chrùnadh le crùn dreighinn; agus esan a bheir, air an latha dheireannach, breth air bheò 's air mhairbh, air a dhìteadh e-fhéin gu bàs maslach.

Is ann air ar son-ne 'dh'fhuilig thu, O Iosa bheannaichte; is ann air son ar peacannan a chaidh do dhìteadh gu bàs.

O de  
ghrù  
sinn

O  
agus  
do c  
nach  
sinn  
sòlas  
Ar  
V.  
R.  
V.  
R.  
A  
lotan

V.  
R.  
Ch  
Iosa.



air a' dol a  
a ghabhas  
ch bròn 'is  
n-leagte ri  
ghlacaile le

O deònaich dhuinn fuath agus gràin a bhi againn orra bho  
ghrùnd ar cridhe; agus leis an aithreachas sin gu'm faigh  
sinn bhuat tròcair agus mathanas.

*Gnìomh aithreachais.*

[An deaghaidh gach stad.]

'n Spiorad  
l shaoghal

O Dhia, tha sinn a' toirt gaoil dhut le 'r n-uile chridhe,  
agus os cionn gach nì, agus tha fìor-dhuilichinn òirnn gu'n  
do chuir sinn riamh mìthlachd ort. O deònaich dhuinn  
nach cuir sinn ri 'r beò tuille mìthlachd ort, 's gu'm bi  
sinn a' toirt gaoil gun lasachadh dhut, agus gu'm b'è ar  
sòlas do thoil naomh a dhèanamh anns gach nì.

Ar n-Athair. Fàilt ort. Glòir do'n Athair.

V. Bi tròcaireach ruinn, O Thighearna.

R. Bi tròcaireach ruinn.

V. Fois gu'n robh aig anmannan nam marbh-chreideach

R. Amen.

A Mhàthair naomh, càirich gu domhainn air mo chridhe  
lotan an Ti a chaidh a chéusadh.

[Mar so cuirear crìoch air gach stad.]

agus tha  
r thu an

haiphais,  
Iosa air a  
ubadh le  
agus esan  
eò 's air

naichte;  
gu bàs.

---

II. STAD.

*Iosa 'gabhail na croise air a ghuaillnean.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Chaidh crois throm a chàradh air guailnean créuchdach  
Iosa. Ghabh e i le ciùine, 's ghiùlain e i le aoibhneas, a

chionn gu'm b'i am miadhon a roghuinnich e gus an saoghal a shaoradh.

O Iosa, deònaich dhòmhsa, le feart na croise, cridhe caomh, ciùin, gràdhach mar a bh'agads. Thoir dhomh dì-chainnean 'is trioblaidean na beatha so a ghiùlain le misuich 's le ùmhlachd; miagh 'us déigh a bhi agam air na croisean a thig 'am rathad, agus an naomhachadh.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

A Mhàthair naomh, &c. (slios 53).

---

### III. STAD.

*Iosa 'tuiteam fo'n chrois a' chionn uair.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Air a chromadh sìos fo chudthrom na croise, tha Iosa le céum airtealach ag gabhail na slighe go Calbhari, 'am measg sluaigh gun bhàigh 's iad a' fanaid 's a' magadh air. An spàirn a dh'fhuilig e 's a' ghàradh chlaoidh i 'neart; e na 'phiantach le buillean 's le lotan; thréig a threòir e; thuit e air làr fo'n chrois!

O Iosa, bho'n is ann air son ar peacannan a ghiùlain thu eallach trom na croise, 's a thuit thu air làr fo 'cudthrom, thoireadh smaoineachadh air d'fhulangas òirnn a bhi faicilleach agus ar cumail bho thuiteam 's a' pheacadh.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

J  
R  
A  
tha  
Mh  
mh  
ri f  
air  
le t  
O  
's ar  
'h-ee  
eada  
teas  
G

V.  
R.  
Le  
gann  
's thu  
sin

## IV. STAD.

*Iosa 's a mhàthair a' tachairt.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Ag giùlan na croise 's e air a leòn as ùr leis an tuiteam, tha Iosa 'cumail air aghart air an t-slighe. Tha e-fhèin 's a Mhàthair naomh a' tachairt. Nach b'ì sin a' choinneamh mhuladach da rìreamh! Cridhe tlàth Moire ga 'bhristeadh ri faicinn dìol déisneach a Mic rùnaich 's i gun seòl aic' air furtach air; 's cridhe naomh Iosa ga 'chràdh gu goirt le truas ri 'Mhàthair bhrònaich.

O Iosa, as leth an truais a bh' agad ri d' Mhàthair naoimh 's an àm sin, gabh truas ruinne, 's thoir còir dhuinne air a 'h-eadarghuidhe. O Mhoire, a Mhàthair na dòruinne, dean eadarghuidhe air ar son, los, as leth fulangas do Mhic, gu'n teasraigear sinn bho'n fheirg ri tighinn.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

## V. STAD.

*A' chrois air a caradh air Simon Chiréne.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Leis mar a thréig a neart Iosa, 's nach b'urrainn dha ach gann dol air 'aghart, rug na saighdearan air Símon Chiréne, 's thug iad air a' chrois a ghiùlan. Thaisich feart na croise sin a chridhe, air chor 's 'an àite dhi 'bhi na 'h-obair

aindeoinich leis, gur h-ann a bha i leis na 'h-onair agus na 'sòlas.

O Iosa, deònaich urram a chur òirne le d' chrois a thoirt dhuinn ri ghiùlan; uaill na biodh òirnn ach aisde-se; leatha biodh an saoghal air a chéusadh dhuinn agus sinne do'n t-saoghal. A chaoidh na biodh sgàth òirnn romh fhulangas; 'an àite sin thoir dhuinn gur ann a bhios aighir òirnn airson a bhi airidh air fulang air do shon-sa.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

---

## VI. STAD.

### *Veronica 'tiormachadh aodainn Iosa.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Mar a bha Iosa 'cumail air 'aghart 's e 'sruthadh le fallus a' bhàis, le truas ris, ghabh boirionnach àraidh romh 'n t-sluagh, agus thiormaich i 'aodunn le nèapaiginn. Mar dhuais air son a caoimhnis, dh'fhàg esan gu miorailteach òmhaigh 'aodainn dhiadhaidh air an nèapaiginn.

O Iosa, deònaich gu'n dean smaoinachadh air d'fhulangas ar taiseachadh le spiorad cràiteach, 's fuath agus grain a thoirt dhuinn air ar peacannan agus ar cridhe 'lasadh le barrachd gaoil dhutsa. Deònaich d'òmhaigh a chàramh air ar n-inntinn, gus an atharraichear sinn gu d' choltas fhéin.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

V.  
R.  
Le  
thréig  
dàrna  
O I  
's ro-r  
chràid  
's a' p  
bàs fh  
Gnì

N

V.  
R.

Ri fà  
a' chuic  
iad air  
fios a l  
thaobh  
e: "A  
sa, ach  
O Io  
cràiteach

## VII. STAD.

*Iosa 'tuiteam fo'n chrois an dàrna h-uair.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Le cràdh nan lot, 's le 'bhi sìor-chall fala 's gach céum, thréig a neart Iosa 'rithist, agus thuit e ri làr fo'n chrois an dàrna h-uair.

O Iosa, thuit thu 'rithist ri làr fo eallach ar peacannan, 's ro-mhiad d'fhulangais air an son; O, cho ro-mhinig 's a chràidh sinn do chridhe naomh le 's n-ath-thuiteam cho tric 's a' pheacadh. O, thoir dhuinn gu'm b'fhearr leinn am bàs fhéin fhulang na mìothlachd a chur tuille ort.

Gníomh aithreachais, &c. (slios 53.)

## VIII. STAD.

*Na mnathan naomh ag caoidh air son ar Slànair.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Ri faicinn fulangas Iosa, ghabh mnathan àraid a bha 's a' chuideachda a' leithid de thruas ris 's gu'n do thòisich iad air gal 'is caoidh gu follaiseach air a shon. Ach, le fios a bhi aig Iosa mar a dh'éireadh do dh-Ierusalem a thaobh cùl a chur ris-fhéin, thionndaidh e riutha 's thuirte: "A nigheanan Ierusalem, na bithibh a' gal air mo shon-sa, ach guilibh air ur son-fhéin 's air son ur slichd."

O Iosa, tha sinne 's bithidh sinn tuille a' caoidh gu cràiteach air do shon-sa 's air ar son-fhéin; air son d'fhulang-



gais agus air son ar peacannan a bu choireach ris. O, ionnsaich dhuinn a bhì cràiteach air sheòl 's gu'm faigh sinn comhfhurtachd, 's gu'n seachainn sinn am breitheanas uamhasach sin a tha 'feitheamh orrasan a chuireas cùl riut no 'ni dearmad ort 's a' bheatha so.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

---

IX. STAD.

*Iosa 'tuiteam fo'n chrois an treas uair.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Bha Iosa 'nise gu 'bhi air mullach Chalbhari, ach mu'n d'ràinig e tur an t-àite 's an robhas a' dol g'a chéusadh, thréig a neart a rithist e, 's thuit e ri làr fo 'n chrois an treas uair; ach tharruing na saighdearan an-ìochdor suas e, agus ghreas iad gu brùideil air 'aghart e.

O Iosa, as leth toillteanas an treas tuitim ro-phiantail so, tha sinn ag guidhe ort mathanas a thoirt dhuinn na 'r tuiteam cho tric 's na peacannan ciadna, agus na 'r lean-tainn cho buan orra; agus deònaich dhuinn gu'n dean smaoineachadh air d'fhulangas gràin na's mutha 'thoirt dhuinn air ar peacannan.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

I  
I  
R  
iad  
chré  
'bha  
O  
thu'r  
gach  
ùmh  
sheòl  
shaog  
Gn

V.  
R.  
Leig  
air a le  
e fos-le  
agus do  
chrann  
a mach.  
O Ios

## X. STAD.

*Aodach Iosa ga spionadh dheth.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Ràinig iad mu dheireadh ionad na h-ìobairte 's dh'ullaich iad gu Iosa chéusadh. Spion iad 'aodach de 'cholainn chréuchdaich, agus bha Naomh nan naomh rùisgte 's na 'bhall-bùirt aig gràisg gun athadh, gun iochd.

O Iosa, is ann air son ar peacannan maslach a dh'fhuilig thu'n tàmailte so. Guidhimid ort gu'n spionadh tu dhinn gach nàire as ar dleasnas, 's gach pròis 'is àrdan, agus gu'n umhlaicheamaid sinn-fhéin le 'r deòin 's a' bheatha so, air sheòl 's gu'n seachainn sinn nàire shiorruidh 's an ath shaoghal.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

## XI. STAD.

*Iosa 'ga thàirneachadh ris a' chrois.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Leig iad a' chrois a nis air làr, agus chaidh Iosa 'ruighe air a leaba-bhàis. A lamhan 's a chasan créuchdach thairg e fos-leth dh'a Athair air nèomh 'an éiric ar peacannan, agus do na saighdearan an-ìochdor gus an tàirneachadh ris a' chrann gun thlus. Bhuailleadh na buillean ; bhrùchd an fhuil a mach.

O Iosa, a thàirneachadh ris a' chrois, fasdaidh ar cridhe

ris a' chrann-chéusaidh air sheòl 's gu'm bi e 'an tàthadh riutsa gu bràch gus an toir an t-éug a' bhuille bhàis dhuinn, 's leis an ospaig dheireannaich gu'n liubhair sinn dhut ar n-anmannan.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

## XII. STAD.

*Iosa 'bàsachadh air a' chrois.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois, &c.

Trì uairean a dh-ùine thug Iosa 'n crochadh air na tàirnean; 'fhuil phrìseil a' sruthadh sìos le 'cholainn, 's a' braonadh air làr; agus cràiteach 's mar a bha 'fhuilangas, thug e mathanas dh'a luchd-céusaidh, gheall e pàrras do 'n mhèirleach, agus chuir e 'Mhàthair bheannaichte fhéin 's a dheisciopul ionmhuinn fo chùram a chéile. Bha 'h-uile nì 'nise crìochnaichte; agus gu ciùin ag cromadh sìos a chinn, thug e suas an deò.

O Iosa, le faoilte naomh glacaidh sinn a' chrois urramach sin air 'na dhearbh thu gus am bàs fhéin do ghaol dhuinn. Anns a' bhàs sin tha sinn a' cur ar n-uile-dhòchais. A so suas deònaich ar cridhe 'bhi daonnan 'an geall ort; agus an uair a's crìoch dhuinn, faigheamaid bàs a toirt gaoil dhutsa, agus eadar do ghlaicibh naomh.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

V.  
R.  
Dh  
d'fhu  
naom.  
furtac  
bhron  
a nuas  
iad na  
O t  
chrich,  
rionn  
iochd a  
ris an  
thair d  
naich a  
Gnìor  
  
Thug  
mhàthar,  
a dùnadh,  
uair a h-ai  
Théid si

## XIII. STAD.

*Iosa 'ga chur 'an uchd a mhàthar naoimhe.*

V. Tha sinn a' toirt aoraidh dhut, &c.

R. A chionn le d' chrois naoimh, &c.

Dh'fhàg co-thional an t-sluaigh mullach Chalbhari; cha d'fhuirich ach an deisciopul ionmhuinn 's na mnathan naomh. Dh'fhan iadsan aig bonn na Croise 'fiachainn ri furtachd a thoirt na 'trom-mhulad do Mhàthair dhubh-bhrònach Iosa. Thug Ioseph Arimathéa agus Nicodémus a nuas bhàrr na croise corp a Mic dhiadhaidh agus chuir iad na 'h-uchd e.

O thusa a bha do bhròn gun tomhas mar chuan gun chrich, a Mhoire 'Mhàthair Dhé, deónaich dhuinn cuibh-rionn de d' bhròn air son fulangas do Mhic, agus biodh iochd agad ri 'r laigse. Dean cloinn dhut-fhéin dhinn maille ris an deisciopul ionmhuinn. Dearbh thu-fhéin 'ad Mhà-thair dhuinn; agus as do leth, gu'm b'e 'thoil-san a dheó-naich a bhi na 'mhaic dhut, éisdeachd ri 'r n-ùrnaigh.

Gnìomh aithreachais, &c. (slios 53.)

## XIV. STAD.

*Iosa 'ga chàradh 's an uaigh.*

Thug na deisciopuil corp a Mic ghràdhaich á uchd a mhàthar, agus chàirich iad 's an uaigh e. Tha 'n uaigh air a dùnadh, 's a' cholann fuar marbh 'an tasgaidh innte go uair a h-aiseirigh glòrmhoir.

Théid sinne cuideachd sìos do'n uaigh, O Thighearna, an

làthadh  
lhuinn,  
lhut ar

na tàir-  
n, 's a'  
ilangas,  
as do 'n  
éin 's a  
-uile ni  
chinn,

cramach  
lhuinn.  
. A so  
agus an  
dhutsa,

uair a's áill leatsa, mar is áill, agus far an áill leat. Do thoil naomh gu'n robh deante ; tilleadh ar collainnean peacach do'n úir as an d' tháinig iad, ach a Dhia na mór-thrócair, gabhsa greim de 'r n-anmannan neo-bhásmhor ; agus an uair a dh'éireas ar collainnean a rithist bho na mairbh, gabh iadsan cuideachd a stigh do d' righeachd far an toir sinn gaol, onair, agus cliù dhut fad na sìorrachd. Amen.

Gníomh aithreachais, &c. (slios 53.)

*Co dhùnadh.*

V. Dh'umhlaich Crìosta e-fhéin air ar son gu bás,  
R. 'S eadh bás na croise.

*Deanamaid ìrnaigh.*

Seall a nuas, tha sinn ag guidhe ort, O Thighearna, óirne do theaglach : air son nach d' ath Iosa Crìosta ar Tighearna e-fhéin a liubhairt 'an lamhan a naimhdean, agus pian na crois' fhuilang. A tha beó, etc.



eat. Do  
ean pea-  
na mór-  
ásmhor;  
bho na  
achd far  
orrachd.

S,

a, óirne  
ighearna  
pian na

